

A'



hoisir-chiuil.



THE

Gaelic Choir

J. & R. PARLANE,

2/- net.

PAISLEY.

Blair, 68.

A. Mc LAREN & SON
BOOKSELLERS
360 & 362 ARGYLE STREET
GLASGOW.

A' CHOISIR - CHIUIL.

The St. Columba Collection

OF

GAELIC SONGS,

ARRANGED FOR PART - SINGING.

J. AND R. PARLANE, PAISLEY.

JOHN MENZIES AND CO., EDINBURGH AND GLASGOW.

MADGWICK, HOULSTON AND CO., LTD., LONDON.

NORMAN MACLEOD, 25 GEO. IV. BRIDGE, EDINBURGH.

PREFATORY NOTE.

THE St. Columba Collection of Gaelic Songs and Music is designed to further the cultivation of the native music of the Highlands. Gaelic music has, until recent years, suffered greatly from the want of proper exponents—the common order of singers in public being without vocal training of any kind. Within recent years, however, a change has been taking place, and it is not now so difficult to get Gaelic music from artistes possessing cultivated voices ; and a number of Choirs now exist, while formerly there were only one or two.

The fact of there being no published music of a cheap kind for the use of choirs was a deterrent influence in the formation of such musical societies, besides being a discouragement to the cultivation of Gaelic music among the body of the people.

The movement which has during the past few years been in progress for the advancement of native vocal music in the Highlands has, we are assured, been much helped by the opportune publication in parts of the St. Columba Collection ; and its publication in volume form, we feel certain, will be welcomed by all Gaelic singers.

The songs are from the *repertoire* of the Glasgow St. Columba Gaelic Choir, to which Gaelic music is much indebted, and under whose auspices this collection is published. By its conductor, Mr ARCHIBALD FERGUSON, most of the tunes have been harmonised ; while others are by some of the most successful harmonists of the Scottish School.

A large proportion of the songs are the popular every-day songs of the Highlands, simple but effective, and offering little difficulty to the learner ; and there is no reason why they should not be taken up and practised in the remote glen, as well as in the hamlet, town, and city.

The songs of the Highlands have been preserved on the tongues of the people—in many instances from remote times—in spite of much discouragement ; and should be cherished as being of purely native growth, and as having the power of appealing to the heart of the Gael with much greater force than the more artificial compositions of later times.

Virtue, valour and patriotism owe much of their force to song and music ; and in the case of the songs of the Gael, while they retain all their naturalness, and often artlessness, there is extremely little which could be said to be injurious to virtue. If the words of the deceased Gaelic bard, Mr John Campbell of Ledaig, when he says

“Is toigh leam a' Ghàidhlig, a bàrdachd 's a ceòl.”

have any real meaning when sung on the lips of his fellow-countrymen, we are assured of success for the St. Columba Collection of Gaelic Songs.

I N D E X.

	Page		Page
A' chailin mhaiseach dhonn	4	Ho-rò mo nighean donn bhòidheach ...	12
A' chuairt-shambraidh	39	Hùg o laill ò	63
A' chuthag	55	Ille Dhuinn	66
A fhleasgaich an fhuilt chraobhaich chais	40	Iorram ha h-innich chuain	44
A rìgh ! gur mi tha aighearach	59	Lag nan Cruachan	78
Air a' ghille tha mo rùn	6	Leis an Lurgainn	26
Air fal-al-al o	16	Mac òg an Iarla Ruaidh	56
An cluinn thu leannain	24	Maili bheag òg	20
An Gáidheal 's a Jeannan	57	Mairi bhàn Dhail-an-eas	52
An gaol a thug mi òg	49	Mairi bhàn òg	53
An gille hàn	32	Màiri laghach	41
An gille dubh ciar dubh	62	Mairi mhin mbeall-shuileach	5
An ribhinn donn	38	'Mhuinntir a' ghlinne so	50
An sruthan	54	Mo chailin dileas donn	17
An t-Eilean Muileach	18	Mo chruinneag ìleach	37
Bail' Ionbhar-Aora	74	Mo dhachaidh	34
Bruthaichean Ghlinn Braoin	3	Mo ghille dubh	22
Buain nan dearcan ris an spréidh	19	Moladh na Lannaidh	6
Caismeachd Chloinn Chamrain	21	Mo leannan	10
C'àit' an caidil an ribhinn ?	11	Mo rùn geal dileas	14
Chì mi na Mòr-bheanna	70	Mo shùil a'd dhéigh	57
Chluinn mi na h-eòin	28	Muile nam mòr-bheann	14
Chuir iad an t-sùil á Pilot	40	Nighean donn a' Chuasleir riomhaich ...	65
Clachan Ghlinn-da-ruadhail	27	Och ! och ! mar tha mi	10
Crodh Chailein	7	Och nan och	25
Cruachan-Beann	26	Ochòin ! cha taobh tuillidh	68
Cuachag nan craobh	46	Ochòin a ri ! 'se'n leòn an gaol	43
Cuir a chinn dilis	28	Oich ù agus h-ùraibh éile	80
Cumha Mhic Oriomain	30	O gur mis' tha Sona dheth	72
Cumha na h-òighe	8	O nach Till thu ruinn a Ris	77
Cumha an t-seana Ghaidheil	64	Oran luathaidh	60
Dhealaich mise 'nochd ri m' leannan ...	18	Oran na Caillich	69
Dh' fhalbh mo bhean chomuinn	58	O ! tha mo dhtil riut	51
Dùthaich nan craobh	67	O till, a Leannain	75
Eilean a' Cheò	35	Ròsan an Leth-bhaile	42
Eilean an fhraoich	38	Seinn an duan so	23
Faill-ill-o agus ho-ro eile	22	'S mo cheist an gille donn	29
Fàilte dhut 'us slàinte leat	61	'S fheudar dhomh bhì togail orm... ..	47
Fear a' bhàta... ..	2	'S i mo Leannan an te ùr	71
'Fhleasgaich òg	48	Soraidh slàn le Fionn-airidh	9
Fuadach nan Gaidheal	31	Suas leis a' Ghàidhlig	76
Gabhaidh sinn an rathad mór	25	Thainig an gille dubh	13
Gaol an t-seòladair	36	Tha mo Ghaol air àird a' Chuain	79
'Ghrugach dhonn	12	Tha mo Ghràdh air an Nighinn	73
Gun chrodh gun aighean	15	Tha mo rùn air a' ghille	44
Gur gile mo leannan	42	Théid mi g'ad amharc	66
Gur moch rinn mi dùsgadh	33	Thug mi Gaol do'n Fhear Bhàn	68
Gur trom, trom a ta mi	72	Thug mi 'n oidheche 'n raoir sunndach ...	1
Hén clo-dubh !	45	Toirt m' aghaidh ri Dùtra	58
Hì orò 's na h-òro eile	2	Tuireadh	60

A' CHOISIR-CHIUIL.

Thug mi 'n Oidhche 'n Raoir Sunndach.

(Last Night I spent gally.)


Words from Sinclair's "Oranaiche."

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.


Moderato, with feeling.



Thug mi 'n oidhche 'n raoir sunndach Beatadh dlùth ris a' chaladh, Gus an d'ràinig mi 'n



t-àit-e Far an d'fhàg mi mo leannan, Fhuair mis' i 's i pòs-te Rì fear



òg aig a' bhail-e, Le snaim dhainginn nach fhuasgail, Dh'fhagas truagh mi ri'm mhaireann.

2 'S truagh nach robh mi 's mo leannan
Ann an gleannan a' cheòbain.
No an iomall na coille,
Far an goireadh an smeòrach;
Bhiodh mò làmh, a ghaoil, tharad,
'S mo cheart air' air do phògadh,
'S an làmh eil', a ghaoil, sìumte
Fo d' chùl snìomhain donn, bòidheach.

3 Chiall a mhnathan an t-saoghail,
Cùm' nach faodadh tu falbh leam?
Dean deas do chuid aodaich,
'S gu 'm faodamaid seòladh.
Gheibh sinn bàt' ar toirt thairis,
'S gillean grad 'chuireas seòl rith',
'S theid sinn thairis a dh' Eirinn,
Far nach eubh iad ri'm beò sinn.

4 Ach ma chaidh thu, ghaoil, thairis,
'S nach leannan thu dhòmhsa,
Gu'n chuinn mi 'ga aithris,
Gur neach air deagh dhòigh thu,
Le cròdh druimionn 'us gnaillhionn
Air do bhuaille mar chòmhla;
Nighean eile 'gan cuallachd,
'Us thusa fnaigheal a'd sheòmar.

5 Mo mhallachd air gach duine.
Rinn ar cumail o chèile;
Tha mi 'm bliadhna 's an uiridh
Fo mhulad mu d' dheighinn;
An toll chaidh a'm chridhe,
Cha dean lighichean feum da,
Gus an téid mi 'san anart,
'Us fo sparradh na déile.

Words by
JOHN M'LEAN, Tíre.

Hi orò 's na horo eile.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderato.*

Hi orò 's na horo eile, Hi orò 's na horo eile,

Hi orò 's na horo eile, Gur tu mo luaidh ri 'm bheò cha cheil mi.

1 Nuair a bha mi 'm chaileig ghòraich,
Thug mi gaol 'us gràdh do 'n òigear
Aig am bheil a' phearsa bhòidheach ;
'S cha ghràdhach mi ri 'm bheò fear eile.
Hi orò 's na horo eile, etc.

2 Chaidh mi choill nan crann 's nan gallan ;
Chuir mi sùil am fiùran maiseach—
B' ann an Glasacho nam bùthan
A thug mi rùn do 'n diùlnach fearail.
Hi orò 's na horo eile, etc.

3 Meur a's grinn' air peann a sgrìobhas,
'S a chuir gleus air teudan fìdhle ;
'S e do cheòl a thogadh m' inntinn
An uair a bhithinn sgìth fo smalan.
Hi orò 's na horo eile, etc.

4 Do chùl dualach, cuachach, bòidheach ;
Falt do chinn mar ite 'n lòn-duibh ;
Do dha ghruaidh air dhreach nan ròsan,
'Us iad fo dhealta ceò na maidne.
Hi orò 's na horo eile, etc.

5 Tha do chalpa cuimir, dìreach,
Mar bhradan ainmhe ruith gu fìor-ghlan ;
'S gura fìor gu 'n d' thug mi luaidh dhuit
Am measg na bheil de shluagh air thalamh.
Hi orò 's na horo eile, etc.

6 Ach tha mise 'n dùil 's an dòchas
Gu'n tig an là 'sam bi sinn còmhla ;
'S ma bhuòs tusa dìleas dòmhsha,
Cha ghràdhach mi ri 'm bheò fear eile.
Hi orò 's na horo eile, etc.

Fear a' Bhata.

(The Boatman.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Slowly, with feeling.*

Fhir a' bhàt - a na hò-ro éil - e, Fhir a' bhàt - a na hò-ro éil - e ;

Fhir a' bhàt - a na hò-ro éil - e, Mo shoraidh slàn leat 's gach àit' an teid thu.

1 'S tric mi sealltuinn o'n ehnoc a's àirde,
Dh' fheuch am faic mi fear a' bhàta ;
An tig thu'n diugh, no'n tig thu 'maireach,
'S mur tig thu idir, gur truagh a tà mi. Fhir a' bhàta, etc.

- 2 Tha mo chridhe-sa briste, brùite ;
'S tric na deòir a' ruith o'm shùilean ;
An tig thu'n nochd, no 'm bi mo dhùil riut ?
No 'n dùin mi 'n doras, le osna thùrsaich ? Fhir a' bhàta, etc.
- 3 'S tric mi foighneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thu, no'm bheil thu sàbhailt :
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràitinn,
Gur gòrach mise, ma thug mi gràdh dhuit. Fhir a' bhàta, etc.
- 4 Gheall mo leannan domh gùn de'n t-sìoda ;
Gheall e sìod agus breacan riombach ;
Fàinn' òir anns am faicinn iomhaigh ;
Ach 's eagal leam gu'n dean e di-chuimhn'. Fhir a' bhàta, etc.
- 5 Thug mi gaol duit 's cha 'n fhaod mi àicheadh ;
Cha ghaol bliadhna, 'us cha ghaol ràithe ;
Ach gaol a thòisich 'nuair bha mi 'm phàisde,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi. Fhir a' bhàta, etc.
- 6 B'ìdh mi tuille gu tùrsach, deurach,
Mar eala bhàn 's i an déigh a reubadh ;
Guileag bàis aic' air lochan feurach,
'Us càch gu léir an déigh a tréigsinn. Fhir a' bhàta, etc.

Bruthaichean Ghlinn Braoin.

Words by
WILLIAM ROSS.

(The Braes of Glenbraon.)

Air, "Dùthaich nan craobh."
Harmonised by JOHN WHYTE.

CHORUS. *Moderately, slow.*

Beir mo shor - aith le dùr - achd, Do ribh - inn nan dlù - chiahh,

Ris an tric bha mi 'sàg - radh, Ann am Bruthaichean Ghlinn Braoin.

- 1 Gur e mis' tha gu cianail,
'S mi cho fad' uait am bliadhna,
Tha leann-dubh air mo shiaradh,
'S mi ri iarguin do ghaoil.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.
- 2 Cha 'n fhead mi bhi subhach,
Gur e 's beus domh bhi dubhach,
Cha dìrich mi bruthach,
Chaidh mo shiubhal an lugh'd.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.
- 3 Chaidh m'astar am maillead
Bho nach faic mi mo leannan ;
'S ann a chleachd mi bhi mar riut
Ann an gleannan a' chaoil.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.
- 4 Anns a' choill' am bi 'n smùdan
'S e gu binn a' seinn ciùil duinn,
Cuach 'us smeòrach 'gar dùsgadh,
'Cur na smùid diubh le faoil't.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.
- 5 Sinn air fàireadh na tulaich,
'S mo làmh thar do mhuineil,
Sinn ag éisdeachd nan luinneag,
Bhiodh am mullach nan craobh.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.
- 6 Gur mis' tha 's a' champar,
'S mi fo chis anns an àm so,
Ann am prìosan na Frainge,
Fo ainneart gach aoin.
Beir mo shoraidh le dùrachd, etc.

Words by
JOHN M'LEAN, Tíree.

A Chailin Mhaiseach Dhonn.

(The Bonnie Brown Maid.)

Air, "Bygone days."
Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

Moderato.

A ghruagach a' chùil shnìomh-banaich, Bhean òg is miaun-ach leam,

Do phear-sa dhìreach ehnim-achdail, 'Sì 'chuir mì ort an geall;

Is mais-each, banail, cliùit-each thu, 'S ro mhodh-ail aig gach àm,

rallentando.
'S tha blàth mar dbrùchd na h-iarmailt ort, Mar dheàrsadh grèin' air fonn.

2 'S ann thig an sìod' am fasan air
Do chuailean mhaiseach domh,
Shìl chorrach a's glan sealladh leam,
Mar dhearcagan nan tom;
Do ghruaidhean mar na ròsan
'Nuair a bhios iad òg 'us fann,
'S do shlios mar fhaicillean mara,
No mar chanach geal nam beann.

3 Mo chailin chruinn, dheas, fhuaranach,
Tha urram ort nach gann,
'S tu thogadh smail 'us mì-ghèam dhìom,
An uair bhiodh m' inntinn trom;

'S tu dheanadh tric dhomh ùrachadh,
'S bu shunndach thogadh fonn
Le guth mar cheòl na fìdhle
No mar smeòrach bhium nam beann.


4 Cend soraiddh slàn thar chuaintean leat
A ghruagach mhaiseach, dhonn,
Le dhùil g'm faic mi sàbhailt thu
Bheir mi mo dhàn gu ceann;
'S ged chaidh tù fad air astar bhuam
Do Ghlasachò nan Gall,
'Sì tìr a mhùrain dhù-ghuirm
Bu dùthchas duit bhi ann.

Mairi Mhin Mheall-Shuileach.

(Mary of Bewitching Eyes.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderately fast.*



'Mhàiri mhin, mheall-shuileach, 'S toigh leam fhéin cruinneag a' chruidh;



Nighean donn nam meall - shuilean 'S air m' fhialluim, thug mi spéis duit.

VERSE.



'S mise tha gu bròn - ach Nach d'fhaod mi fuireach còmhla riut, 'S mi



tarruing air na ròp - ain, 'S a' chòreach air mo léin - e.

2 Air a' mheadhon oidhche,
Ged b' ann am bàrr a' chroinn e,
Bhi 'cuimhneachadh do chaoimhneis,
Gu 'n d' thug e roinn de m' chéill nam.
A Mhàiri mhin, etc.

3 'N uair rachadh i do 'n bhuailé,
A bhleodliann a' chruidh ghuaillinn,
'S e 'n ceòl is binne chualas,
A duanagan 'gan éisdeachd.
A Mhàiri mhin, etc.

4 Cha b' e meud do stòrais
A chuir mi féin an tòir ort.
Ach caileag laghach, bhòidheach
Bhi còmhla rium ag éirigh.
A Mhàiri mhin, etc.

5 Ma tha sinn gann de stòras,
Cha 'n 'eil sinn gann de 'n òige;
'S a chaoidh cha diobair lòn sinn,
Ma bhios sinn beò le chéile.
A Mhàiri mhin, etc.

Moladh na Lanndaidh.

Words from
Sinclair's "Oranaiche."

(The Praise of Islay.)

Harmonised by
W. MOODIE, G.T.S.C.

CHORUS. *With spirit.*

Hò ro Eil - ean - aich ho gù, Hò i rith - il hò i bù.

Hò ro Eil - ean - aich ho gù, Gu bheil mo rùn 'san Lann - daidh.

1 Chì mi thall ud an Aird-mhòr,
Aite 'choilich dhuibh 's a' gheòidh ;
Ait' mo chridhe 'us mo ghaoil,
'San robh mi aotrom, ainneil.
Hò ro Eileanaich, etc.

2 Ged tha 'n Lanndaidh creagach, ciar,
'S moch a dh' éireas oirre 'ghrian ;
Innis nam ba-laoigh 's nam fiadh,
'S gu 'm b'è mo mhiann bhì thall ann !
Hò ro Eileanaich, etc.

3 'N uair a dh' éirinn moch 'san àird,
Bheirinn sgrìob do cheann an t-sàil'—
Bhiodh na lachan air an t-snàmh,
'S cha b' fhad' am bàs o m' laimh-sa.
Hò ro Eileanaich, etc.

4 'S tric a leag mi air a' bhrnach
Earba ghlas a' mhuineil ruaidh ;
Bhiodh an liath-chearc leam a nuas,
'Us coileach ruadh an dramdain.
Hò ro Eileanaich, etc.

5 'S tric a leag mi air a thaobh
An ròn ballach anns a' Chaol,—
Eala bhàn a' mhuineil chaoil,
'Us coileach fraoich nam beanntan.
Hò ro Eileanaich, etc.

6 O, mo ghaol air Ile 'n fheòir,
Far an d' fhuair mi m' àrach òg ;
Far am bheil na h-uaislean còir,
Bu toigh leò ceòl 'us dannsadh !
Hò ro Eileanaich, etc.

Air a' Ghille tha mo Run.

(I Love the Laddie.)

Harmonised by
JAMES MERRYLEES, G.T.S.C.

CHORUS. *Lively.*

Air a' ghille tha mo rùn, Tha mo rùn air a' ghille ;

Bhò'n a thug thu rium do chùl, B'è mo dhùr - achd thu thilleadh.

1 'S ann a fhuair thu t' àrach òg
'N Apainn bhòidheach nan gillean ;
'S beag an t-ioghu' thu dh' éirigh suas
Ann an uaisle 's an grinneas,
Air a' ghille, etc.

2 'S meanglan thu de'n chraoibh nach lùb,
Gur tu fùiran do chinnich—
Leathannaich nach lùb 'san streup—
'S cha 'n 'eil beum air a' ghille,
Air a' ghille, etc.

5 'S ann am Muile nam beann fhuar
Tha mo luaidh de na gillean ;
Dh' aithnichinn thu 'measg an t-sluaigh,
Leis na h-uaislean a' tighinn.
Air a' ghille, etc.

3 Falt do chinn tha dualach, dlùth,
T' anail chùbhraidh, ro-mhìlis ;
Dà shùil mbeallach, chorrach, cliùin—
'S tu mo run de na gillean !
Air a' ghille, etc.

4 Tha thu ro-mhath air an t-sliabh,
Thoir nan ian bharr na h-iteig ;
Gunna dubh a leagadh fiadh
'S earbag riabhach an fhirich.
Air a' ghille, etc.

Crodh Chailein.

(Colin's Cattle.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

p *Slowly, with feeling.*

Gu'n tug - adh crodh Chail - ein Dhomh bainn' air an raon, Gun chum - an, gun

bhuar - ach, Gun luair - ean gun laogh. **CHORUS. *f*** Crodh Chail - ein mo chridh - e, Crodh

Chail - ein mo ghaoil, Gu'n tug - adh crodh Chail - ein Dhomh bainn' air an fhraoch.

2 Gu'n tugadh crodh Chailein
Dhomh bainne gu leòir,
Air mullach a' mhonaidh
Gun duine 'nar coir.
Crodh Chailein, etc.

3 Gu bheil sac air mo chridhe,
'S tric snidh air mo ghruaidh,
Agus smuaisean air m' aighe
Chum an cadal so bhuam.
Crodh Chailein, etc.

4 Cha chaidil, cha chaidil,
Cha chaidil mi uair,
Cha chaidil mi idir,
Gus an tig na bheil 'uam.
Crodh Chailein, etc.

5 Cha téid mi do 'n bheithe
No a thional nan enò ;
Air breacan donn ribeach
Tha mi 'feitheamb nam bò.
Crodh Chailein, etc.

Cumha na h-Oighe.

(Lament.)

 Air, "Mackintosh's Lament."
 Arranged by ARCHD. FERGUSON.

Words by

MALCOLM MACFARLANE.

Slowly, and with much feeling.

Accompaniment, very softly.

Oigh mo chridh! Oigh mo ghràidh!

Hm

'S fuar an diugh t' àit - e tàimh. Shearg do dhuilleach, ebrlon do bhlàth, 'Us chàraich iad 'san

Hm

ùir thu. 'S mis-e tha cràit-e; 's mis-e tha truagh; Dh'oidheche 's a là 'gad ionndrainn uam, Ghlais iad

Hm

CODA. Repeat the last line of each verse.

m 'éibhneas anns an naigh, 'S cha'n fhuasgail caoidh no tùrs i.

'S cha 'n fhuasgail caoidh no tùrs i.

Hm

2 Bha thu ciùin ; bha thu caomh ;
 Bha gach dùil ort an gaol.
 B' i do bhathais mhalda, chaoim,
 Mo ghràdh a dh' aom air tùs riut.
 Thug thu barrachd ann am beus ;
 Bha thu maiseach thar nan ceud ;
 Bha do cruth gun mheang, gun bheud—
 Is trom mo ghleus 'gad ionndrainn.

3 Chaidh tu às, reul nam buadh ;
 Dh' fhàg thu 'n speur tuille 's luath—
 Neul a' bhàis, 'se sgàr thu bhuam,
 'S is tuathal, trom mo chùrsa.

Bha thu rium mar sholas iùil,
 Rionnag dhealach, sheud mo shùl ;
 Tha mi nis mar long gun stiùir,
 Gun phort a 'm dhùil às t'ionnais.

4 Ach tha speur shuas air neamh
 Air nach gluais ceò no neul,
 Iarmailt shoillseach 's aille sgèimh,
 'Us dèarsaidh tu às ùr ann.
 Dealraich thusa nuas a'm chridh,
 'S treòraich mise thun na tìr
 Anns an àill leam leat-sa bhi
 A chaidh gun dìth, gun chùram.

English words by
 DR NORMAN M'LEOD *
 ("Caraid nan Gaidheal.")

Soraidh Slàn le Fionn-Airidh.

Harmonised by
 ARCHD. FERGUSON.

(Farewell to Fiunary.)

CHORUS. *Moderato, with feeling.*



* Gaelic translation by the late ARCHIBALD SINCLAIR.

- 1 Tha 'n latha math, 's an soirbheas ciùin ;
 Tha 'n ùine 'ruith, 's an t-àm dhuinn dlùth ;
 Tha 'm bàt 'gam fheitheamh fo a siùil,
 Gu m' thoirt a null o Fhionn-Airidh. Eirich agus, etc.
- 2 Tha iomadh mìle ceangal blàth
 Mar shaighdean ann am féin an sàs ;
 Mo chridhe 'n impis a bhi sgàinnt'
 A chionn bhi 'fagail Fhionn-Airidh. Eirich agus, etc.
- 3 Bu tric a ghabh mi sgrìob leam fhéin
 Mu'n cuairt air lùchairt Fhinn an tréin ;
 'S a dh' éisd mi sgeulachdan na Féinn'
 'Gan cur an céill am Fionn-Airidh. Eirich agus, etc.
- 4 Ach cha 'n iad glinn 'us beanntan àrd'
 A lot mo chridh 's a rinn mo chràdh,
 Ach an diugh na tha fo phràmh
 An teach mo ghràdh am Fionn-Airidh. Eirich agus, etc.
- 5 Slàn le athair caomh mo ghràdh ;
 Bidh mi cuimhneach ort gu bràth ;
 Ghuidhim sonas agus àgh
 Do 'n t-sean fhear bhàn am Fionn-Airidh. Eirich agus, etc.
- 6 Am feum mi siubhal uait gun dàil ?
 Na siùil tha togte ris a' bhàt—
 Soraidh slàn le tìr mo ghràdh,
 'Us slàn, gu bràth le Fionn-Airidh ! Eirich agus, etc.

Mo Leannan.

Words by NEIL MACLEOD.
"Clarsach an doire."

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

(My Sweetheart.)

CHORUS. *Slowly, with feeling.*

Mal - a chaol 'us beul tana, Slios mar fhaoil - eig na mara.

'S euailean cnaeh - ach nan dual, Sios mu' ghuail - ean mo leannain.

1 'Si mo rùn-sa mhaighdeann chiùin,
Loinneil, chliùiteach, 'us bhànail—
Bidh mo chridhe 'leum le sùnd
'Dol a nùll gu mo leannan.
Mala chaol, &c.

2 Mar na ròsan glan fo'n dhrìchd,
Fìnealt', ùrail, gun smalan ;
Tha gach àilleachd, mais' 'us mùirn,
Ann an giùlan mo leannain.
Mala chaol, &c.

3 Tha i bainntidh, caoin, gun ghruaim,
Cuimr, uallach 'us fallain ;
'S cha 'n 'eil òighe 'meas an t-sluaigh
A bheir buaidh air mo leannan.
Mala chaol, &c.

4 Ge do tha mi gann de stòr,
Nì mi seòl dhi air aran ;
'S cha 'n 'eil duine fo na neòil
A gheibh còir air mo leannan.
Mala chaol, &c.

Och! och! mar tha mi.

Words by
DR M'LACHLAN, Rahoy.

Harmonised by
W. MOODIE, G.T.S.C.

(Sad! Sad! am I.)

Very pathetic.

Och! och! mar tha mi 'us mi 'nam aon - ar. A' dol troimh'n choill far an robh mi eòl - ach.

Nach fhaigh mi àit' ann am fhearann dùchais, Ged phàighinn crùn air son leud mo bhròide.

1 Neo-bhinn an fhuaim leam a dhùisg á m' shuain mi,
'S e 'tigh'nn a nuas orm o chruaich na mòr-bheinn—
An ciobair Gallda, 's cha chòrd a chainnt rium,
E 'gladhaich thall ri cù mall an dòlais.

- 2 Moch maduinn chéitein an àm dhomh éirigh,
Cha cheòl air gheugan, no geum air mòintich,
Ach sgreadail bhéisdean 's a chànan Bheurla,
Le coin 'gan éigheach 'cur féidh air fògar.
- 3 An uair a chi mi na beanntan àrda,
'S an fhearann àigh 'san robh Fionn a chòmhnuidh,
Cha'n fhaic mi ann ach na caoraich bhàna,
'Us Goill gun àireamh 'sa h-uile còdhail.
- 4 Na gleanntan ciatach 'sam faighteadh fiadhach,
'Us coin air iallan aig gillea òga,
Cha'n fhaic thu 'n diugh ann ach ciobair stiallach,
'S gur duibhe 'nhiaran na sgiath na ròcais.
- 5 O, chaidh gach àbhaist a chur air fuadach ;
Cha chluinn thu gruagach ri duan no òran ;
Nach bochd an nì e gu'n shearg ar n-uaislean,
'S na balaich shuarach 'nan àitean-còmhnuidh !
- 6 An uair a chi mi na lagain àluinn,
'S a h-uile h-àiridh 'dol fàs le còinnich,
Fo bhadaid chaorach le'n uain 'gan àrach,
Cha'n fhaod mi ràdhtainn nach b'fhàidhe Tòmas.

Words from
Sinclair's "Oranaiche."

C'ait' an Caidil an Ribhinn ?

(Where Sleeps the Maiden?)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively, not too fast.*

O c'ait' an caidil an ribhinn an nochd? O c'ait' an caidil an, ribh - inn?

Far an caid - il luaidh mo chridh, Is truagh nach robh mi fhìn ann.

- | | |
|--|---|
| <p>1 Tha 'ghaoth a' séideadh oirn o'n deas,.
'S tha mise deas gu seòladh ;
'S na'n robh thu leam air bhàrr nan stuadh,
A luaidh, cha bhithinn brònach.
O, c'ait an caidil, etc.</p> <p>2 Bha mi deas 'us bha mi tuath,
'S gu tric air chuairt 'sna h-Innsean,
'S bean t' aogais riamh cha d'fhuair mi ann,
No samhladh do mo nigh'naig.
O, c'ait an caidil, etc.</p> <p>3 'S ann ort féin a dh' fhàs a' ghruag
Tha bachelach, dualach, riomhach,
Fiamh an òir a's bòidheche snadh,
'S e dol 'na dhuail 'sna cìrean.
O, c'ait an caidil, etc.</p> | <p>4 Cha tog fiodhall, 's cha tog òran,
'S cha tog ceòl na pìoba,
'S cha tog briodal nigh'naig òig
Am bròn 'tha 'n diugh air m' inntinn.
O, c'ait an caidil, etc.</p> <p>5 'S e dh' iarrainn riochd na h-eala bhàin
A shnàmhhas thair a' chaolais,
'Us rachainn féin troimh thonnaibh breun
A chur an cèill mo ghaol dhuith.
O, c'ait an caidil, etc.</p> <p>6 Tha nis gach nì a réir mo dheòin,
Gach aefhuinn 's seòl mar dh' iarrainn,
'S gun mhaile theid mi air a tòir,
'Us pòsaidh mi mo nigh'naig.
O, c'ait an caidil, etc.</p> |
|--|---|

From the
"Killin' Collection."

'Ghruagach Dhonn.

(Brown-haired Nymph.)

Harmonised by
JAMES MERRYLEES, G.T.S.C.

By kind permission of
Mr Charles Stewart, Tigh-an-dùin.

CHORUS. *With spirit.*

'Ghruagach dhonn a' bhroillich bhàin, 'Chum a' chòdhail rium Di - màirt;

'Ghruagach dhonn a' bhroillich bhàin, Gu ma slàn a chì mi thu.

1 Ghruagach dhonn gun ghò, gun fhoill,
Chum a' choinneamh rium an raoir,
Bha mi còmhraidh riut 'sa choill,
Sinn ann an caoimhneas diomhaireach.
A ghruagach dhonn, etc.

2 Rinn mi coinneamh riut glé òg,
Ann an coille dhlùth nan cnò,
'S binne leam do ghuth na ceòl,
'S tha do phòg mar fhigis leam.
A ghruagach dhonn, etc.

3 Cha b'ann le éiginn no cùis chruaidh,
A fhuair mis a' phòg ud bhuait,
Ach le caidreamh seimh gun ghruaim,
Gu soitheamh, suairce, sìobhalta.
A ghruagach dhonn, etc.

4 Mhaighdeann, na biodh ortsa gruaim,
Ged a shéideas a' ghaoth tuath,
Tha 'cuid bhòrd ro-làidir, cruaidh,
'S a ghruagach, na biodh mi-ghean ort.
A ghruagach dhonn, etc.

5 Guma fallain 's guma slàn,
Do'n té rinn còdhail rium Di-màirt,
Iarguin m'aigne 's m' airesneul phràmh;
'S mo chion-gràidh da-rìreadh thu!
A ghruagach dhonn, etc.

Words from
Sinclair's "Oranaiche."

Ho-ro mo nighean donn bhoidheach.

(My brown-haired maiden.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderately fast.*

Ho - rò mo nigh'n donn bhòidh - each, Hi - ri mo nigh'n donn bhòidh - each;

Mo chail - eag laghach, bhòidh - each, Cha phòs - ainn ach thu.

1 A nighean donn nam blàth-shul,
Gur trom a thug mi gràdh dhuit;
Tha t' iomhaigh, ghaoil 'us t' àilleachd,
A ghnàth tigh mi fo m' ùidh.
Ho rò, etc.

2 Cha cheil mi air an t-saoghal,
Gu bheil mo mhiann 's mo ghaol ort;
'S ged chaidh mi uait air faondradh,
Cha chaochail mo rùn.
Ho rò, etc.

3 'Nuair bha mi ann ad làthair,
Bu shona bha mo làithean—
A' seallbhachadh do mhànrain,
'Us àille do ghnùis.
Ho rò, etc.

4 Ach riamh o'n dh' fhàg mi t' fhianuis,
Gu bheil mi dubhach, cianail;
Mo chridhe trom 'ga phianadh
Le iarguin do rùn.
Ho rò, etc.

5 'S ann tha mo rùn 'sna beanntaibh,
Far bheil mo ribhinn ghreannar,
Mar ròs am fàsach Shamhraidh,
An gleann fad' o shùil.
Ho rò, etc.

6 Ach 'nuair a thig an Samhradh,
Bheir mise sgrìob do'n ghleann ud,
'S gu'n toir mi leam do'n Ghalldachd,
Gu h-annsail, am fùr.
Ho rò, etc.

Thainig an Gille dubh.

(My laddie came to this town.)

Words by
Lady DOVLY, Raasay.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *With spirit.*

Thainig an gill - e dubh 'n raoir do'n bhaile so, 'S trom mo cheum o'n

FINE.

thréig mo leannan mi, Thainig an gill - e dubh 'n raoir do'n bhaile so.

VERSE.

D.C.

'S mis' tha gu tinn, le goirteas mo chinn, 'S ged rachadh mi'n chill, cha till mo leannan rium.

2 M' ulaidh 's mo ghràdh,
Fear dubh agus bàn;
Cha 'n innis mi chàch
Gu bràth do ghealladh dhomh.
Thainig an gille, &c.

3 'S iomadh bean òg,
Le sìod' agus sròl,
A chumtadh le deòin
Mu chrò crodh bainne dhuit.
Thainig an gille, &c.

4 'S guirme do shùil
Na 'n dearcag fo 'n drùchd;
'S gur fìnealt do ghnùis
Na ùr-ros mheanganan.
Thainig an gille, &c.

5 Sealgair a' gheòidh
'S an lach air an lòn;
'S na'm biodh i 'nad chòir
Gu'n leòint' a mhaigheach leat.
Thainig an gille, &c.

6 Stiùirich' a' chuain
Air bharran nan stuadh
Ri latha fliuch, fuar,—
Mo luaidh de fhearairbh thu.
Thainig an gille, &c.

7 Beannachd a'd dhéigh
Ma dh' fhàg thu mi féin;
Ach guidheamaid céile
Beusach, banail duit.
Thainig an gille, &c.

Words by M'LEAN, Torlosk, Mull.

Mo Run geal dileas.

(My faithful fair one.)

Harmony by J. BELL, Mus. Bac.

By kind permission of Messrs Bayley and Ferguson.

CHORUS. *Pathetically.*

Mo rùn geal dil - eas, dileas, dil - eas, Mo rùn geal dil - eas nach till thu nall?
 Cha till mi féin leat, a ghaoil, cha 'n fhaod mi, 'S ann tha mo ghaol - sa 'na laidhe tinn.

- 1 Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn
 A shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn;
 Is bheirinn sgrìobag do 'n eilean Ìleach,
 Far bheil an rìbhinn dh' fhàg m' inntinn trom.
- 2 Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile
 Air mullach shléibhte nam beanntan mòr,
 'S gun bhì 'gar n-éisdeachd ach eòin an t-sléibhe,
 'S gu'n tugainn fhéin dì na ceudan pòg.
- 3 Thug mi còrr agus naoi mìosan
 Auns na h-funsean a b' fhaide thall,
 'S bean bòichead t'aodainn cha robh ri fhaotainn.
 'S ged gheibhinn saoghal cha 'n fhanainn ann.
- 4 Thug mi mìos ann am fiabhras claidhte
 Gun dùil rium oidhche gu 'm bitheadh beò;
 B'e fàth mo smaointean a là 's a dh' oidhche,
 Gu 'na faighinn faochadh 'us tu bhì 'n chòir.
- 5 Cha bhì mi strìth ris a' chraoibh nach lùb leam
 Ged chinneadh ùbhlán air bhàrr gach géig,
 Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail,
 Cha d' thàinig tràigh gun mhuir làn 'na dèigh.

Words by
 DUNCAN LIVINGSTON, Crogan, Mull.

Muile nam Mor-bheann.

(Mull of the Mountains.)

Harmonised by
 ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively, not too fast.*

Bho 'n tha mi gun sunnd, 's is dùth dhomh mulad, Cha tog mi mo shìl ri sùgradh tuille;
 Cha teid mi le mhuir gu càirt nan cruinneag, 'S mo rùn am Muile nam mòr - bheann.

- 1 Am Muile nan craobh tha 'mhaigdeann bhanail,
D' an d'thug mi mo ghaol 's mi faoin a'm bharail ;
'S ma chaidh e fo sgaol 's nach faod mi faighinn,
Gu'n taobh mi caileagan Chòmhail. Bho 'n tha mi, &c.
- 2 Tha maise 'us uaisle, suaireas 'us ceanal
A' dìreadh a suas an gruaidh mo leannain ;
Ma bheir thu dhomh fuath, 's nach buan do ghealladh
Ni uaigh 'us anart mo chòmhach. Bho 'n tha mi, &c.
- 3 Tha maise no dhà ri àireamh fhathast
Air bean a' chuill bhàin nam blàth-shul meallach ;
Ma bheir thu do làmh, gu'm fàs mi fallain,
'S tu 'n òigh a mhealladh gach òigear. Bho 'n tha mi, &c.
- 4 Do shlios mar an fhaileann, taobh na mara,
Do ghruaidh mar an caorann, sgaoilt' air nibeangan ;
Sùil ghorm a's glan aoidh, fo chaoin-rosg tana —
'S tu 'n òigh a mhealladh gach òigear. Bho 'n tha mi, &c.
- 5 Do chùl mar an lion 'na mhìle camag,
Nach greannach fo chùl, 'us sìod 'ga cheangal ;
Do dheud mar na disnean, dìonach, daingeann ;
Beul binn a ghabhail nan òran. Bho 'n tha mi, &c.
- 6 'S e 'sgar mi o m' chiall ro-nhiad do cheanail,
'S o'n chaidh thu do 'n t-slabh, nach b' fhiach leat m' fharraid ;
'S e t' aogas 'us d' fhiamh 'chuir pian a'm charaibh,
'S cha mhiann a bh' agam air stòras. Bho 'n tha mi, &c.

Gun Chrodh gun Aighean

(The tocherless lass.)

Harmonised by
JOHN MUNRO.

CHORUS. *Moderato. f*

Ged tha mi gun chrodh, gun aighean, Gun chrodh-laoigh, gun chaoraich agam ;

Ged tha mi gun chrodh, gun aighean, Gheibh mi fhathast òig - eargrinn.

- | | |
|---|---|
| <p>1 Fhìr a dh' imicheas thar chuantan,
Giùlain mìle beannachd uamsa
Dh' ionnsaidh òigeir a' chùil dualaich,
Ged nach d'fhuair mi e dhomh fhìn.
Ged tha mi gun chrodh, etc.</p> <p>2 'Fhleasgaich thàinig nall a Shuaineart,
Bu tu fhéin an sàr dhuin'-uasal ;
Gheibhinn cadal leat gun chluasaig
Air cho fuar 's g'am biodh an oidhech'.
Ged tha mi gun chrodh, etc.</p> | <p>3 Ged nach 'eil mo spréidh air lóintean
Mo chrodh no mo chaoraich bhòidheach,
Bheirinn tochar dhuìt an òrdugh,
Cho math ri té òg 'san tìr.
Ged tha mi gun chrodh, etc.</p> <p>4 Ged tha mi gun chrodh gun chaoraich,
Cha 'n 'eil mi gun mhaise 'n aodann ;
Dh'fhiachinn breacan a bhiodh caol dhuìt,
'S dheanainn aodach a bhiodh grinn.
Ged tha mi gun chrodh, etc.</p> |
|---|---|
- 5 Nàile ! 's mis' tha dubbach, deurach,
'N seòmar àrd a' fuaigheal léine ;
'Chaidh mo leannan do *Tannaica*,
'S cìod am feum dhomh 'bhlì 'ga chaidh.
Ged tha mi gun chrodh, etc.

Air Fal-al-al O.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.CHORUS. *Lively, but not too quick. Three beats to the measure.*

- 1 A Mhàiri bhàn òg gur òg bha mis' agus thu
An coille nan cnò, 's gu'm pògaim fhéin thu gu dlùth;
Do ghruidh mar na ròsan, 's bòidheach leam sealladh do ghnùis,
'S cha 'n fhad bhios mi beò ma phòsas fear eil' 'us thu.
- 2 'Nuair rachainn air sràid, a ghràidh, bhiodh gini a'm phòc,
'S gu 'n òlainn do shlàint 's gach àit' an suidhinn mu 'n bhòrd,
An cridhe geal fialaidh, aotrom, aighearach òg,
Bu mhillis leam fhein am beul o 'n tigeadh an ceòl.
- 3 Nan robh mis' 'us thu am beinn no 'm monadh, no 'n shiabh,
No air an tràigh bhàin an àit' nach robh duine riamh,
Seachd oidhche, seachd là, gun tàmh, gun chadal, gun bhiadh,
Ach thus' a bhi 'ghràidh 's do làmh gheal tharam gu fial.
- 4 A ribhinn ghrinn uasail fhuair mi buille mo chràidh
'Nuair chualas Di-luan gu'n d' fhuaraich buileach do ghràdh;
'S tha m' aigne fo ghrunaim 'gam bluaireadh a dh' oidhche 's a là,
'S mo dhùil ris an uaigh 's an t-suaig a mhaireas gu bràth.

Mo Chailin Dileas Donn.

Words by
HECTOR M'KENZIE, Lochbroom.

Harmonised by
JOHN BELL, Mus. Bac.

Andante.

(O, happy may I see thee.)

Guma slàn a chli mi, mo chailin dill-eas donn;

Bean a' chuaileiu réilth air an deis-e dh' éireadh fonn,

'Si caint do bheòil bu bhinne leam, an uair bhiodh m'intinn trom,

rall.
p
'Stu thog-adh suas mo chridh'-sa, 'nuair bhiodh tu bruidhinn rium.

2 Gur muladach a tà mi,
'S mi nochd air àird a' chuain,
'S neo-shunn-lach mo chadal dhomh,
'S do chaidreamh fada bhuam;
Gur tric mi ort a' smaointeach',
As t'aogais tha mi truagh,
'Us mura dean mi t'fhaotainn
Cha bhi mo shaoghal buan.

3 Shìl chorrach mar an dearcag
Fo'n rosg a dh'athas dlùth,
'Us gruaidhean mar an caorann
Fo'n aodann tha leam ciùin—
Mur d'athris iad na breugan
Gu'n d'thug mi féin duit rùn,
'S gur bliadhna leam gach latha
Bho'n nair a dh'fhàg mi thu.

4 Tacan mu'n do sheol sinn,
Is ann a thòisich càch,
Ri innseidh do mo chruinneig-sa
Nach tillinn-sa gu bràth;
Na cuireadh sìol ort gruaimen,
A luaidh, ma bhios mi slàn,
Cha chum dad idir uat mi
Ach saighead chruaidh a' bhàis.

5 Tha'n t-snaim a nise ceangailte,
Gu daingeann 'us gu teann,
'Se their luchd na fanoid rium
Nach 'eil mo phrothaid ann—
Am fear aig an bheil fortan,
Tha crois aige 'na cheann,
'S tha mise tuingeil, toilichte,
Ged tha mo sporan gann.

Words by
DUGALD MACPHEIL.

An t-Eilean Muileach.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Slowly, with feeling.*

(The Isle of Mull.)

An t-Eilean Muileach, an t-eilean àghmhor, An t-eilean grianach mu'n iath an sàil - e,
Eilean buadh-mhor nam fear-bheann àrd-a, Nan coilltean uain - e, 's nan cluaintean fàs - ail.

- 1 Ged tha mi 'm fhògarrach cian air m' aineol,
'Sa Chaisteal-Nuadh 'san taobh tuath de Shasunn,
Bidh tìr mo dhùthchais a tigh'nn fainear dhomh,
An t-Eilean Muileach 'bu lùrach beannaibh.
- 2 B' fhallain, cùbhraidh 's bu réidh an t àilean,
Le bhlàthan maoth-bhog 'bu chaoine faileadh;
Bu ghlan na bruachan mu'n d' fhuair mi m' àrach
An Doire-'chuilinn aig bun Beinn-bhàirnreach.
- 3 Gheibheadh 'n ruadh-chearc 'sna coilltean ìosal,
'S an coileach tùchanach dlùth 'ga briodal;
'S ged bha na beanntan gun fhaing gun fhrithean
Bha daimh na cròice 'nan còrsaibh lionmhor.
- 4 B' e 'n sòlas-inntinn leam a bhi 'g éisdeachd
Ri còisir bhinn-ghuthach, ghrinn a' Chéitein,
A' seinn gu suundach an dlùth's nan geugan—
A' choill' fo liath-dhealt, 's a' ghrian ag éirigh!
- 5 Chlaon gach sòlas dhiu sìod mar bhruadar,
'S mar bhristeadh builgein air bhàrr nan stuadh-thonn;
Ach soraidh slàn leis gach loinn 'us buaidh
A bh' air eilean àghmhor nan àrd-bheann fuara.

Words and Air by
HENRY WHYTE ("FIONN").
"CELTIC GARLAND."

Dhealaich mise 'nochd ri m' leannan.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderate.*

(To-night I parted with my Sweetheart.)

Dhealaich mise 'nochd ri m' leannan, Dhealaich mi ri m' leannan fhéin;
Dhealaich mise 'nochd ri m' leannan, Mil - e beannachd as a déigh.

1 Och mo thruagh, cha d' fhuair mi fanachd
Leis a' chaileig 'mbeal gach buaidh,
Theich an uair air sgiath na cabhaig,
'S b' fheadar dealachadh ri m' luaidh.
Dhealaich mise, etc.

2 Ceart mar thriallas sgàil an tanaig
No mar dhealan anns an speur,
'S ann mar sin a chaill mi sealladh
Air an ainneir 'fhuair mo speis.
Dhealaich mise, etc.

3 Bho 'n a chuir mi fhéin ort aithne,
Bha thu beusach, banail, ciùin;
'Chaidh cha 'n fhaic mo shùil air thalamh,
Té cho airidh air gach cliù.
Dhealaich mise, etc.

4 Blàth-shuil chaoin a's caoile mala,
Cuailean min nan camag down;
Deud gheal, ghrinn fo bhilean tana,
Cueas mar eala bhàn nan tonn.
Dhealaich mise, etc.

5 Cha téid mise 'chùirt nan gallan,
Cha'n 'eil aighear dhomh fo 'n ghréin,
'S ann a bhios mo 'chridh' fo smalan
Gus an till mo leaman fhéin.
Dhealaich mise, etc.


Buain nan Dearcan ris an Spreidh.

Words by
JOHN CAMERON, Glencoe.


(Plucking Berries by the Field.)

Arranged by
ARCHD. FERGUSON.


CHORUS. *Lively.*



VERSE. *S. T.*



A. B.



2 Dìreadh chnocan, tearnadh ghlaican,
Siubhal bheannta, ghleann 'us bhacan,
Aile 'n fhraoich 'us gaoth a' chrechainn,
Buain nan dearcen ris an spréidh.
Fàill-ill-o, etc.

3 Siod an tìr 'san cinn na Gaidheil,
Seargaidh iad air sraidean Ghlascho,
Bhiodh iad làidir, lionmhor, rathail,
'Buain nan dearcen ris an spréidh.
Fàill-ill-o, etc.

4 Ach 'sann tha mi 'n tìr nan Gall,
'S ioma Gaidheal th' ann an airceis;
'Sann bu chòir dhaibh a bhli thall
'Buain nan dearcen ris an spréidh.
Fàill-ill-o, etc.

Maili bheag og.

(Bonnie Young May.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.*Pathetically.*

Nach truagh leat mi 's mi'm prìo - san, Mo Mhail - i bheag òg!



Do chàirdean a' cur binn orm, Mo chuid de'n t-saogh - al thu;



A bhean na mal - a mìn - e 'S nam pòg - an mar na flog - uis,



Is tù nach fhàgadh sblos mi, Le mì - run do bheòil.

2 Di-dòmhaich anns a' ghleann duinn,

Mo Mhaili bheag òg,

'Nuair thòisich mi ri cainnt riut,

Mo chuid de'n t-saoghal mhòr;

'Nuair dh'fhosgail mi mo shùilean,

'S a sheall mi air mo chùlthaobh,

Bha maraich' an eich chrùthaich

Tigh'nn dlùth air mo thoir.

4 Gur bòidheche leam a dh'fhàs thu,

Mo Mhaili bheag òg,

Na'n lili anns an fhàsach,

Mo cheud ghràdh 's mo rùn;

Mar aiteal caoin na gréide

Am maduinn chhiun ag éiridh,

B'e sud do dhreach 'us t'eugais,

Mo Mhaili bheag òg.

3 Is mise bh' air mo bhuairleadh,

Mo Mhaili bheag òg,

'Nuair thainig sluagh mu'n cuairt duinn,

Mo ribhinn ghlan ùr;

Is truagh nach anns an uair sin

A thuit mo làmh o'm ghualainn,

Mu'n d'amais mi do bhualadh,

Mo Mhaili bheag òg.

5 Is truagh a rinn do chàirdean,

Mo Mhaili bheag òg,

'Nuair theirmisg iad do ghràdh dhomh,

Mo chuid de'n t-saoghal thu;

Na'n tugadh iad do làmh dhomh

Cha bhithinn anns an àm so

Fo bhinn air son mo ghràidh dhuit,

Mo Mhaili bheag òg.

Caismeachd Chloinn Chamrain.

Translation by the
Rev. D. M'NAUGHTON.

(The March of the Cameron Men.)

With vigour.

Cha'n eil òg - an-ach treun de chloinn Chamrain gu léir Nach téid deònach fo Bhrataich Lochial

Gu buaidh no gu bàs 's bidh iad dileas 's gach càs, Oir géill cha d'thug Camranach riamh.

CHORUS, *pp*

Nach cluinn sibh fuaim na pìoba tighinn, Gu h-àrd thar monadh 'us ghleann;

Agus cas cheumnan entrom a' saltairt an fhraoich! 'Si caismeachd Chloinn-Chamrain a th'ann!—

'Si th'ann! . . . 'Si th'ann! . . .
Agus cas cheumnan entrom a' saltairt an fhraoich! 'Si caismeachd Chloinn Chamrain a th'ann!—

2 O! 's uallach an ceum, ged tha fios aig gach treun

Gu'm faod e 'bhi maireich 'san ùir;

Ach gach àrmunn, gun sgàth, théid le 'Cheannard do'n bhlàr.

Far 'm bu dualach dhaibh buaidh agus cliù.

Nach cluinn sibh fuaim na pìoba tighinn, etc.

3 Tha 'ghealach ag èiridh, 's tha 'gathan air ceuman

Nan òigear tha treun agus fìor;

'S àrd dòchas an cléibh, 's thuit an Ceannard e féin

Gur laoiach iad nach géill anns an strìth.

Nach cluinn sibh fuaim na pìoba tighinn, etc.

Words by
HENRY WHITE ("FIONN")
"CELTIC GARLAND."

Mo Ghille Dubh.

(My dark-haired laddie.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderato.*

Mo thruaigh mi 'e mar tha mi'n diugh, Mo thruaigh mi 'e gur mulad-ach; 'Se'n gaol a thug mi'n

VERSE.

ghille dhubbh, A rinn an diugh mo leòn-adh. Gu'n tug mi spéis do'n àr-munn Am

bothan beag na h-àir-idh, 'Se cuimhneachadh an dràsd air A dh'fhàg mi dubhach, bròn-ach.

- 2 Mur faigh mi e mar chéile,
Ni tuireadh 's bròn mo léireadh,
'S gun ni 'san t-saogh'l ni feum dhomh
As eugais gaol an òigeir.
Mo thruaigh mi, etc.
- 3 Ged tha mi nis gu cràiteach
'S a' caoidh o'n rinn thu m' fhàgail,
Gur tric a bha mi làn riut,
'S mo chridhe 'snàmh an sòlas.
Mo thruaigh mi, etc.

- 4 O, thug mi gràdh nach caochail
Do dh'òigear an fhuil chraobhaich;
'Sa nis mur dean nì fhaotainn,
Gur neoni 'n saoghal dhòmhsa.
Mo thruaigh mi, etc.
- 5 Gur tric a bha sinn muirneach,
Ged tha mi 'n dràsd gu tùrach;
'S ma 's e 's gu'n tug e cùl rium
'San ùir bidh m' àite-còmhnuidh.
Mo thruaigh mi, etc.

Faill-ill-o agus Ho-ro eile.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively, but not too fast.*

Faill-ill ó agus hó-ro éil - e Faill - ill - ò agus hó-ro éil - e,

Faill-ill ó agus hó-ro éil - e; A fhileasgaich dhuinn nach ann duinn a dh'éir-ich

1 Saoil sibh fhéin nach mi 'bha truagh dheth,
Feasgar foghair air achadh bhuana;
A h-uile té 's a fear fhéin r' a guallainn,
'S mo leannan donn-sa air bhàrr nan cuantan.
Fàill ill ó, etc.

2 Shiùbhlainn, shiùbhlainn, shiùbhlainn fhéin
leat,
Shiùbhlainn fada troimh choill nan géug leat;
'S 'n uair bha mi òg 's mi air bheagan céile,
Gur e do ghaol-sa a rinn mo léireadh.
Fàill ill ó, etc.

3 Gheall mo mhàthair fainne òir dhomh;
Gheall m' athair buaile bhò dhomh;
'S ged gheibbinn sud 's an saoghal mòr leis
Gur mòr gu 'm b' ànusa leam gaol an òigeir.
Fàill ill ó, etc.

4 'Phiuithar ghaolaich dean gu réidh rium;
Cum an crodh 'us na laoi bh chéile;
'S ged ghabh mi 'm poca 's ged dh' iarr mi'n
deirce,
Na cumaibh uam-sa mo rogha céile.
Fàill ill ó, etc.

5 Dé na'm faicinn thu seach a' bhuaille!
Sgealb mi 'n cuman 'us thig mi 'bhuarach;
Chuirinn fhéin mo dhà làmh mu 'n cuairt duit;
'S có, a ghaoil, sin a chumadh uam thu?
Fàill ill ó, etc.

6 Cinnidh sóbhrachain anns an earrach;
Cinnidh ùbhlán air bhàrr nam meangan;
Bheir sud 'am chuimhne-sa póg mo leannain,
'S a h-uile té dhiubh air bhlas na meala.
Fàill ill ó, etc.

Words by
Dr. M'LACHLAN, Rahoy.

Seinn an Duan so.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON

(Sing this song.)

CHORUS. *Slowly, with feeling.*

Seinn an duan so hug ir - i hù o, Do m' chailin dualaich hug ór - o hì,

A's deirge gruidhean 's a's duinne cuailen, 'S gur lionmhor buaidh a th'air luaidh mo chridh.

- 'S ann Di-màirt bho cheadh' Loch-Alainn
A dh'fhalbh mo ghràdh-sa le bàt' na smùid;
Bu luath a ceum 'dol gu tìr na Beurla,
'S tha mi fo éislean air bheagan sunnd.
- 'S gur ann le bàta nan roithean làidir,
'S nan cuibhlean prais 's iad a ghuath 'cur strith;
'Us fear 'ga stiùradh gu làidir, lùghmhor,
'Se deanamh iùil dhì gu Diùra shios.
- 'S truagh nach robh mi leat thall an Eirinn,
'Us m'aitribh fhéin an taobh thall de'n chuan—
'Us dh' aithnichinn m' éndail am measg nan ceudan,
'Us i mar Vénus ag éiridh suas.
- Tha do chòmhradh gu blasda binn leam.
Do phòg a's mùilse na mìl an fhraoich,
'Us t' anail chùbhraidh 'tha mar na h-ùbhlán,
Tigh'n'n réidh gun tùchan o'd mhuineal caoin.
- 'S tric a bha mi fo sgàil nan craobh leat,
'Us lagan fraoich air gach taobh dhiun fhinn,
Bu leam do chòmhradh 's le d' dheòin do phògan,
'S tha mi fo leòn o'n là dh'fhàg thu'n tìr.

Words by
DUGALD M'PHAIL.

An Cluinn thu Leannain.


Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

(O hear me, love!)

CHORUS. *Lively*




An cluinn thu, leannain, an cluinn thu! An cluinn thu id-ir, an cluinn thu!



An cluinn thu, leannain, an cluinn thu, Mar tha mi gu tinn 'gad ionn - drainn.

VERSE.



Mo chion air an ainneir! Si bean a' chùil bhàin D'an d'thug mi'n gaol falaich nach fannaich gu bràth;



Bu tu mo chend leannan gun aithne do chàch, 'S mi nis - e fo phràmb 'gad ionn - drainn.

2 'Si t'ìomhaigh a's ceòl dhomh gach Dòmhnach 'us Luain,
'S tu cuspair mo smaointeanan faoinne gach uair;
'Si m'haise 'tha 'd aodann a chaochail mo shnuadh.
'S a dh' fhàg mi gun luaidh air sìgradh.

3 'S truagh nach robh mise fo shileadh a chèò,
Còmhla ri m' leannan an gleannan an fheòir.
Cha 'n iarrainn a dh'ìocshlaint ach briodal do bheòil,
Oir 's millse do phòg na'n sìhear.

4 Seall air a' ghealaich air aghaidh nan speur,
Nach caochail a cùrsa measg dùmhlas nan reul;
Mar sin tha sìor iomairt mo chridh' as do dhéigh
Bho'n thug thu fo ghéill air tìs e.

5 Tha caoin-shlios mo leannain mar eal' air a' chuan,
Na's gile na'n fhaoileann air aodann nan stuagh;
Mar shueachd air na beannaibh, mar chanach nam bruach,
'S i farasda suaire 'na ghlàn.

Gabhaidh sinn an Rathad Mor.

Harmonised by
J. BELL, Mus. B.
By permission of Messrs Bayley & Ferguson.

CHORUS.

(We will up and march away.)

FINE.

Gabhaidh sinn an rathad mòr, Gabhaidh sinn an rathad mòr, Gabhaidh sinn an rathad mòr, Ole air mhath le càch e.

VERSE.

D. C.

Ole air mhath le Cloinn-an-t-saoir, Ole air mhath le Cloinn-an-t-saoir, Ole air mhath le Cloinn-an-t-saoir, 'S bodaich mhaol an làg ain.

2 Gu Mac-'ic-Alasdair's Lochial,
Bìdh iad leinn mar bha iad riamh,
'S Fear-na-Ceapaich mar ar miann,
Ole air mhath le càch sud!

Gabhaidh sinn, &c.

3 Thig Cloinn-'Phearsoin, feachd nam buadh,
'S thig Cloinn-Choinnich o'n Taobh-tuath,
'S maig an dream do'n nochd iad fuath
'N uair dh' éireas gruain nam blàr orr'!

Gabhaidh sinn, &c.

4 Thig Clann Ghriogair, garg 'san strì,
Stiùbhartach—'s iad sluagh an Rìgh.
Mèarsaibh uallach : suas i 'phìob!
Ole air mhath le càch e.

Gabhaidh sinn, &c.

Och nan Och!

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

Pathetically.

(Sad! O, Sad.)

Och nan Och! mar tha mis - e, 'Chòin a Rìgh! mar tha mis - e.

Ghaol 's a luaidh nach robh mis - e Greis gun fhios leat an uaig - neas.

1 Gur mis' tha fo mhulad,
O'n taca so 'n uiridh,
Mo shùilean a' sruthadh,
'S lionn-dubh air mo bhuailadh.

2 'S e do ghaol rinn mo lagadh,
'S a chuir faondradh a'm chadal;
Cia mar 's dùth dhomh bhì fallain,
'S e mo charaid chum bhuain thu.

3 'S e do ghaol rinn mo lionadh,
'S a chuir fada bho thìr mi;
Thu bhì fagail na tire,
Bhiodh a' briodal nan gruagach

4 'S e mo cheist-se an t-uasal,
Cas gu dìreadh nam fuar-bheann;
Tha t'anail cho cùbhraidh,
Ris na h-ùbhlàn 'gam buain leam.

5 Cha b'è stòras no earras
Chuir mi 'n tòir ort mar leannan,
Ach mi bhì tric mar riut
A' tigh'nn tarsuinn a luaidh rinn.

Cruachan-Beann.

Words by
PATRICK M'INTYRE.

(Ben Cruachan.)

Harmonised by
WILLIAM MOODIE, G.T.S.C.

CHORUS. *With fire, but not too fast.*



1 Cruachan-beann 's e cho mòr,
Tha e sònraicht' r'a fhaicinn—
Cha'n 'eil a leithid 'san Roinn-Eòrp,
'S geal a chòta 'n àm sneachda.
Cruachan-beann, etc.

2 Cloinn-an-t-Saoir d'am bu dual
'Bhi 'nad chluannagan fàsach;
An diugh cha'n fhaic mi aon de'n àl
'Gabhail tàmh ann ad thaice.
Cruachan-beann, etc.

3 'S iomadh linn bho 'n fhuair iad còir
Air a' bheinn a's bòidhech' r'a faicinn;
'Us fhad 's a ruitheas nìllt gu cuan,
Bidh an dualachas ud aca.
Cruachan-beann, etc.

4 Aite 's maisiche fo 'n ghréin—
Chaidh cha leir dhoimh r'a fhaicinn;
'S bho 'n a chuir iad thu fo fhéidh,
'S goirt mo dheur 'gabhail beachd ort.
Cruachan-beann, etc.

5 Ficead mìle tha mu'n cuairt
Anns a' chruaich ud tha maiseach;
Agus trì dhiubh air àird—
'S iomadh bàrd a ghabh beachd ort.
Cruachan-beann, etc.

6 Soraidh nis le Cruachan-beann,
Leis gach coire, gleann 'us glacan;
'S e mo dhùrachd Cloinn-an-t-Saoir
A bhi chòmhnuidh 'na thaice.
Cruachan-beann, etc.


Words from
Sinclair's "Oranaiche."

Leis an Lurgainn.

(A Boat Song.)

Harmonised by
WILLIAM MOODIE, G.T.S.C.

CHORUS. *Lively.*



1 An Cuan Eirinn o hì,
Muir ag éirigh o hò,
'S cha bu léir dhuinn o hì,
Nì fo 'n ghréin ach na neòil.
Leis an Lurgainn, etc.

2 Seachad ile o hì,
Beul na h-oidhche o hò.
Las sinn coinnlean o hì,
'S chuir sinn combaist air dòigh.
Leis an Lurgainn, etc.

3 Seachad Aros o hì,
Bha i gàbhaidh o hò,
'N fhairge làidir o hì,
Suas gu bàrr a' chroinn-sgòid.
Leis an Lurgainn, etc.

4 Thuirt an sgiobair o hì,
Ri chuid ghillean o hò,
"Glacaibh misneach o hì,
'S cuiribh rìof 'na cuid seòl."
Leis an Lurgainn, etc.

5 Suas a h-aodach o hì,
Ri 'croinn chaola o hò.
'Snàmh cho aotrom o hì,
Ris an fhaolium air lòn.
Leis an Lurgainn, etc.

6 Fhuair sinn fosgladh o hì,
M'a ceann toisich o hò,
Fear 'ga taomadh o hì,
'S gillean coltach air bòrd.
Leis an Lurgainn, etc.

Words by
ANGUS FLETCHER, DUNOON.

Clachan Ghlinn-da-ruadhail.

(The Clachan of Glendaruel.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively.*

Mo chaileag mhin-geal mheal-shuileach, A dh'fhàs gu fallain fuas - gailt.

Gur trom mo cheum o'n dhealaich sinn, Aig Clachan Ghlinn-da - ruadh - ail.

VERSE.

Di - dòmbaich rinn mo cholach - adh Bean òg a's mòdhar gluas - ad;

Tha 'guth mar cheòl na smèor-ach - e, 'S mar bhill' an ròis a gruaidh - ean.

2 'S ro fhaicilleach 'na cònthradh i,
Gun sgilm, gun sgled, no tuailleas;
Gur fathail coiseachd sbràidean i,
Air bheagan stàit no guineas.

3 Cha suaimhneas oidhch' air leabaidh dhomh,
'Gad fhaicinn ann am bruadar;
'S am Biobull féin cha laimhsich mi,
Gun t'iomhaigh ghràidh 'gam bhuaireadh.

4 Ged shuidheas cléir na tire leam,
'S mi sgrìobhadh dhaibh le luath-laimh,
'S ann bhios mo smuaintean dìomhaireach
Air Sìne dhonn a' chuach-fhuil.

5 Ach 's eagal leam le m' cheileireachd,
Gu 'n gabh an seisean gruaim rium;
Ged fhògras iad do 'n Olaind mi,
Ri m' bhèd cha toir mi fuath dhuit!

Words by
JOHN CAMPBELL, Torsay, Mull.

Chluinn mi na h-Eoin.

(I've heard the Birds.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively.*

Chluinn mi na h-eòin, 's binn leam na h-eòin, na h-eòin, na h-eòin

FINE.

bhòidheach, bhinne, Chluinn mi na h-eòin, 's binn leam na h-eòin.

VERSE.

'S binn leam fhéin na bha mi 'g éisdeachd Madainn Chéitein 's spréidh a' síleadh.

2 'S binn leam smèdach air bhàrr géige,
'S uiscagan 'san speur ri ionairt.
Chluinn mi, etc.

3 'S binn leam coileach-dubh ri dùrdail,
'S cearc an tùchain dlùth 'ga shireadh.
Chluinn mi, etc.

4 'S binn leam euthag le 'gùg-gùg,
'Sa mhadainn chìim air stùc a' ghlinne.
Chluinn mi, etc.

5 'S binn leam guth na h-eala bhuadhaich—
Luinneag 's gloine fuaim air linne.
Chluinn mi, etc.

6 'S binne na iad sud gu léir
An naidheachd éibhinn a fhuair sinne—
Chluinn mi, etc.

Cuir a Chinn Dilis.

(Fairest and Dearest.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderato.*

Cuir a chinn dil - is, dil - is, dil - is, Cuir a chinn dil - is thar an do làmh,

Do ghorm-shùilean tairis a mhealladh na mìltean, B' amaideach mi 'nuair thug mi dhuit gràdh.

1 Mi 'm shuidh' air an tulaich an iomall na cùirte,
'G amhare mo rùin 's i 'n ionad ro àrd;
Thug i le fionnaireachd sealladh de 'sùil dhomh,
'S thionndaidh i cùlthaobh seachad air bàrr.
Cuir a chinn dilis, etc.

2 Sheall mi a'm dhéigh gu fradharc dhi fhaotainn,
'S chunna mi h-aodann, farasda, tlàth;
Chunna mi sealladh a mhealladh na mìltean,
'S amaideach mi, 's nach fhaigh mi 'na pàirt.
Cuir a chinn dilis, etc.

3 Tha maise 'nad bhilean, cha 'n aithris luchd-ciùil e,
Togaidh tu sunnd an tallachan àrd;
Leagar leat seachad sàr-ghaisgich na dùthch'
Le sealladh do shùil, 's le giùlan do ghnàths.
Cuir a chinn dilis, etc.

4 Do dhearc-shuilean glana, fo mhala gun ghruaimean,
'S daingean a bhual iad mise le d' ghràdh;
Do ròs-bhilean tana, sèin, farasda, suairce—
Cladhaichear m' uaigh mur glac thu mo làmh.
Cuir a chinn dilis, etc.

5 Do bhràighe na 's gile na canach na dìge,
Chitheadh dol sìos am fionn-bhainne blàth;
'S ioma rud eile—cha 'n 'eil i ri fhaotainn
Idir 'san t-saoghal, aogas mo ghràidh.
Cuir a chinn dilis, etc.

6 Do ghruaidh mar an corcur, beul socair o'm binn' sgeul,
Deud mar na disnean, finealt a dh' fhàs;
Do shìos mar an eala, 's do mheall-shuilean mìogach,
Thàlaidh thu m' inntinn, 's cha till i gu bràth.
Cuir a chinn dilis, etc.

'Se mo Cheist an Gille Donn.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Moderato.*

(He's my Love, the Sailor Lad.)

Hithill - en na billean i, Hithill - en na billean d,

Faill - ill éil - e 's hòro i, Mo thruaighe mi s nur faigh mi thu.

1 'Se mo cheist an gille donn,
Théid do chrannaibh àrd nan long,
'S ged bhiodh tu gun ni gun fhonn,
A 'aodach lom gu'n gabhainn thu.

2 M' eudail, m' aighear, 'us mo luaidh.
'Seòladh àrd air druim a' chuain,
Saoilidh mi an ceann gach uair,
Gu'n tig thu nuas gam amhare-sa.

3 Gur e mise tha gu truaigh,
'S caolas eadar mi 's mo luaidh,
Na'm biodh e 'na rathad cruaidh
Gu 'n ruiginn uair 'san t-seachdain thu.

4 Tha mi 'n so mar dhruid an crann
'S ise 'n deigh a h-eòin a chall,
Seacharan air dol a'm cheann,
'S ged thig an t-am cha chaidil mi.

5 Cha h'e airgid 's cha h'e òr,
Air an robh mi òg an tòir,
Ach na dh' fàbh air long nan seòl,
'S a chaidh ri 'm bheò nach fhaigh mi thu.

6 Tha mi gun airgid 'us gun òr,
Cha'n e so a rinn mo leòn,
Ach nach fhaic mi thu ri'm bheò
A' seòladh taobh an fhearainn so.

Cumha Mhic Criomain.

Melody from "The Thistle."

Arranged by W. H. MURRAY, G.T.S.C.

(MacCrimmon's Lament.)

SOLO. *p*

Dh' iadh ceò nan stùc mu eud - ann Chuilinn, Us sheinn 'bhean-shith a torm - an

Accompaniment very soft.

Hm

mulaid, Gorm shùilean cìbh 'san Dùn a sìleadh, O'n thrial thu uainn 's nach till thu tuille.

Hm

CHORUS. *pp* *p*

Cha till, cha till, cha till Mac Criomain, An cog-adh no sìth cha till e tuille; Le

pp *pp*

air-giod no nl cha till Mac Criomain, Cha till e gu bràth gu là na cruinne.

- 2 Tha osag nam beann gu fann ag imeachd,
Gach sruthan 's gach allt gu mall le bruthach;
Tha ealtainn nan speur feadh gheagan dubhach,
A' caoidh gu 'n d' fhalbh 's nach till thu tuille. Cha till, cha till, etc.
- 3 Tha 'n fhairge fa-dheòigh làn bròin 'us mulaid,
Tha 'm bàta fo sheòl, ach dhiùlt i siubhal;
Tha gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach,
Ag ràdh gun d' fhalbh 's nach till thu tuille. Cha till, cha till, etc.
- 4 Cha chluinnear do cheòl 'san Dùn mu fheasgar,
'S mac-talla nam mùr le mhùrn 'ga fhreagairt;
Gach fleasgach 'us òigh gun cheòl, gun bheadradh,
O'n thrial thu uainn 's nach till thu tuille. Cha till, cha till, etc.

Words by HENRY WHYTE, "FIONN."
From "The Celtic Garland."

Fuadach nan Gaidheal.

Air—"Lord Lovat's Lament."
Harmonised by JOHN CAMPBELL

(The Dispersion of the Highlanders.)

p *Slowly with expression.*

Gur a mise 'tha tàrsach, a' caoidh cor na dùthcha, 'S nan seann daoine eòiseil bha

clèiteach 'us treun; Rinn uachdrain am fuadach, gu fada null thar chuantan, Am

fearann chaidh thoirt uapa, 's thoirt suas do na féidh. 'Se sud a chulaidh-nàire, bhi faicinn dhaoine

Bàidir, 'Gam fuadach thar sàile mar bhàrrlach gun fheum. 'S am fonn a bha àluinn, chaidh

'chur fo chaoirich bhàna, Tha feanntagach 'sa' ghàradh 's an làrach fo fheur.

Ral-lan-tan-do.

2 Far an robh mòran dhaoine,
Le 'm mnathan 'us le 'n teaghlaich,
Cha'n 'eil ach caoirich-mhàla
Ri fhaotainn 'nan àit',
Cha 'n fhaicear air a' bhuaile,
A' bhanarach le buarach,
No idir an crodh guail-fhionn,
'S am buachaille bàn.

Tha 'n uiseag anns na speuran,
A' seinn a luinneig ghleusda,
'S gun neach ann g'a h-éisdeachd,
'N uair dh' éireas i àrd;
Cha till, cha till na daoine,
Bha cridheil agus aoidheil,
Mar mhol air latha gaoithe,
Chaidh 'n sgaoileadh gu bràth

Words from
Sinclair's "Oranaiche."

An Gille Ban.

(The fair-haired laddie.)

Harmonised by J. MERRYLEES, G.T.S.C.

CHORUS. *Moderately quick.*

Ma's ann 'gam mhealladh, a ghaoil, a bha thu, Ma's ann 'gam mhealladh as déigh do gheallaidh,

'S e luaidh do mholaidh ni mi gu bràth, Ma's ann 'gam mhealladh, a ghaoil, a bha thu.

VERSE.

Chunnaic mis' thu air a' bhuaile, Agus ribh - inn òg ri d' ghualainn.

Saoil sibh féin nach mi bha truagh dheth, 'Nuair rinn mi 'suas ris a' ghille bhàn.

2 Tha sgeul ùr air tigh'n an dùthaich,
Mu sguabach ùr a's fhèarr a sgrùas;
Ach 'nuair a dh' fhalbhas an duilleach ùr dhi,
Cha dean i sgrùadh na's fhèarr na càch.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

3 Ged a gheibh'n sa mac duin' uasail,
Agus mìle 'chroth-laoigh air bhuailtibh,
Gum b'fhèarr leam cadal an lagan naine,
Air leaba luachrach le m' ghille bàn.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

4 Rìgh! gur mise 'tha gu tùrsach,
O'n a chaill mi 'n t-òigear rùnach,
'S tric na deòir a' ruith o m' shùilean,
Cha dean iad dùnadh gu brì-steadh là.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

5 'S tric a bha thu ri mo ghualainn,
Cridheil, ceòlmhor, an àm na buana,
Ach o'n àm sin do ghaoil gu'n d'fhuarach
'Us thug thu fuath dhomh an àite gràidh.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

6 Siod an sealladh 'rinn mo leònadh,
'Bhi 'gad fhaicinn sa Di-dòmhnach,
Am measg do chàirdean 'us do luchd-còlais,
'S cha b' fhiach leat fheadraich an robh mi slàn.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

7 Ged a gheall thu mise 'phòsadh,
'S ged a dh' fhàg thu 'n dìngh mi brònach,
Guidheam dhuit sa a chaoil-th gach sòlas,
Cho math ri òg-bhean a bheir dhuit gràdh.
Ma's ann 'gam mhealladh, etc.

Gur moch rinn mi dusgadh

Words by
Dr MACLACHLAN, Rahoy.

(I early awoke).

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

Plaintively.

Gur moch rinn mi dùsgadh 'san ùr mhaduinn Chéit', 'S a dhìrich mi'm
bruthach gun duin' ach mi fhéin; Tha 'ghrian air a tur - us a'
siubhal troimh'n speur, 'S dealt na h-oidhche a' tàrling thar ùr-dhos nan geug.

- 2 A' dìreadh an aonaich ri aodann a' chiùrn,
'S binn torman a' chaochain a's aoidheala bìrn,
Le 'ròis air gach taobh dheth ag aomadh fo 'n drùchd,
'S e ri deàrrsadh na gréine ag éiridh 'na snùid.
- 3 'S binn na h-eòin feadh nam preasan gu leadarra seinn;
Tha 'n niseag làn sòlais ri ceòl os mo chiomn;
Na ba-laoigh anns a' gheumnaich air an rèidhlean nd thall,
'S mac-talla nan creagan 'gam freagairt air ball.
- 4 'S àluinn trusgan a' ghlinne suas ri binnean nan stùc;
'S cùbhraidh boltrach nan luibhean 'nam chuinnein mar thùis;
Ged 's bòidheach gach dòire anns a' choillidh 's a' bhrùichd,
Ged tha 'm barrach cho ùrail cha dhùisg e mo shuim.
- 5 An so air faobhar a' mhullaich gur muladach mi--
Ceann-aobhair mo thuiridh leam gur duilich r'a innis;
Nach dìrich mi tuillidh ri munadh 'san tìr--
Nach dèan mi cùis-ghàire 'n gleann àillidh mo chridh'.
- 6 Bheir mi sùil thar a' bhealaich air na beanntan mu 'n cuairt;
So an sealladh mu dheireadh air gach gleannan 'us brnach;
A' fàgail leibh beannachd, 'n àm dealachadh uaibh,
A' teurnadh an aonaich 's iad mo smaointean tha truagh.

Mo Dhachaidh

Words by MALCOLM MACFARLANE.

Harmonised by ARCHD. FERGUSON

(My Home).

CHORUS. *Lively.*

Seinn iribh o, bhàraibh o, hùgaibh o hi, So agaibh an obair bheir togail fo m' chridh',

Bhi stiùradh mo chasan do m' dhachaidh bbig fhin, Air crìochnachadh saothair an là dhomh.

Rachadh treun-fhìr an cèin an deigh sonais 'us glòir; 'Us pòitearan gòrach 'nan tòir do'n tigh-òsd,

Biodh spìocairean crìonda 'gan iarraidh 'san òr, Gheibh mise lan-shòlas 'nam fhàr-daich.

- 2 Seall thall thar an aiseig, am fàsadh nan craobh,
Am botan beag glan ud, 's e gealaicht' le aol;
Sìod agaibh mo dhachaidh—'sì dachaidh mo ghaoil,
Gun chaisteal 'san t-saoghal a's fearr leam.
Seinn iribh o, etc.
- 3 Tha maise an àite ag àrdach' a luaidh;
Tha sòbhragan 's neòineanan 'còmhachd nam bruach;
Tha toman 'ga dhìonadh o shìon an taobh-tuaith;
'S mu'n cuairt air tha cluanagan aillidh.
Seinn iribh o, etc.
- 4 'San àit' nd tha nàdur a ghnàth 'nur ri ceòl;
Mur e smèdrach 'san duilleach 'se uiseag 'sna neòil;
'Se caochan an fhuarain a' gluasad troimh 'n lòn,
No Mòrag ri crònan do 'n phàisde—
Seinn iribh o, etc.
- 5 O, mo dhùrachd 's mo bheannachd dhuit, bheanag na loian!
'Tha 'frithéal mu m' fhàrdaich 's ag àrach' mo chloinn;
Do chridhe 's do nàdur gun àrdan gun fhoill,
'Us caoinbheas a' boillsgeadh 'nad bhlàth-shuil.
Seinn iribh o, etc.

- 6 Air ciaradh do 'n fheasgar 's mi seasgair fo dhìon,
Mu 'n cuairt air a' chagailt bidh aighear gun dith;
Na pàisdean ri àbhachd, 's am màthair ri snìomh;
'S mo chridh-s' air a lìonadh le gràdh dhaibh.
Seinn iribh o, etc.

- 7 Air falbh uam a' mhòrchuis, an t-òr agus cliù;
Cha 'n 'eil anna ach faoinneas 'us saobh-ghloir nach fhiù;
Cha 'n fhàgaimn mo dhachaidh 's bean-chagair mo rùin,
Gu bhi seallbachadh lùchairt le bàin-rìgh'n.
Seinn iribh o, etc.

Words by
Mrs MACPHERSON.

Eilean a' Cheo.

(The Isle of the Mist.)

Arranged by
ARCHD. FERGUSON.

Slowly—with pathos.

Ged tha mo cheann air liath-adh, Le diachainnean 'us bròn, 'Us grian mo leth-chiad

bliadh-na Air ciaradh fo na neòil, Tha m'aigne air an lìon-adh Le

iartras tha ro mhòr A dh'fhaicinn Eilean Sgiath-ach Nan siantan 's a' cheò.

- 2 Tha còrr 's da fhichead bliadhna
Bho 'n thrìall mi uait gan' dheòin,
'S a chuir mi sìos mo lìon
Ann am miadhon baile mhòir;
'Us ged a fhuair mi iasgair
A lìon mo thigh le stòr,
Bu chuimhneachail mi riamh oir
'S bu mhiann leam bhì 'nad chòir.

- 3 An tìr 'san robh na fùrain
'S gach eus a sheas an còir—
Co e nach d' fhuadadh gunis daibh
'Us cliù 's na h-uile dòigh!
Oir cha robh leud a ghrùnnd
Air a chuimantas 'san Roinn-Eòrp
Thog urad riamh a dhiùlaich
Ri Eilean cùbhr' a' cheò.

- 4 Ach cò aig am bheil cluasan
No crìdh tha gluasad beò,
Nach seinnceadh leam an duan so
Mu 'n truaighe 'thàinig òirn!
Na mìltean a chaidh fhuadach
Thar chuain gun chuid 's gun chòir,
Tha miann an crìdh 's an snuaintean
Air Eilean nain' a' cheò.

- 5 Nis, cuimhnichibh ur cruadal,
'Us cumaidh suas ur stròil;
Gu 'n tèid an roth mu 'n cuairt duibh
Le neart 'us cruas nan dèrn;
Gu'm bi bhuir crodh air buailtean
'S gach tuathanach air dòigh;
'S na Sas'naich air an fuadach
A Eilean nain' a' cheò.

Gaul an t-seòladair

Words by JOHN M'LEAN, Skye.

Harmonised by ARTHUR FERGUSON

(The Sailor's love).



2 Tha m' athair 'us mo mhàthair,
 'Us mo chàrdean rium an gruaim;
 'S ann tha gach aon diubh 'g ràdhainn
 "Gu bràth an tig ort buaidh?
 An di-cuimhnich thu 'ghòraiche
 Bho d' òige 'thog thu suas?"
 'S ann thug mi gaol do 'n t-seòladair
 "Tha seòladh thar a' chuain!"

3 Tha 'anail leam cho cùbhraidh
 Ris na h-ùbhlach 's mi 'gam buain;
 A dheud cho geal 's an ìbhri leam,
 A chneas mar fhaoilinn cuain;
 A ghruaidhean mar an caorann,
 'S a mhala-chaol gun ghruaim—
 O, thug mi gaol nach dìobair dhuit
 Gu'n sìnear mi 'san uaigh!

4 Tha'r leam gur mi bha gòrach
 'N nair a thòisich mi ri dàn;
 Cha bhàrd a dheanadh òran mi,
 'S cha chòir dhomh dol 'na dhàil:

Tha mi-eigin air m' inntinn-sa
 'S cha 'n fhaod mi inns' do chàch,
 Gu 'n d'thug mi gaol do 'n t-seòladair
 Air long nam mìor-chraun àrd.

5 Ach innsidh mise 'n fhìrinn duibh—
 Mur bheil mo bharail faoin—
 Tha gaol nam fear cho caochlaideach,
 'S e 'seòladh mar a' ghaoith,
 Mar dhùrachd air madainn Chèitein,
 'S mar dhealt air bhàrr an fheòir;
 Le teas na grèine éiridh e,
 'S cha léir dhuinn e 'sna neòil.


6 Ma s' nì e nach 'eil òrdaichte,
 Gu 'n còmhlaich sinn gu bràth,
 Mo dhùrachd thu bhì fallain,
 'Us mo roghainn ort thar chàich!
 Ma bhrìst thu 'nis na cùmhnanntan
 'S nach cuimhne leat mar bha,
 O, guidheam rogha céile dhuit
 'Us laidhe 's éiridh slàn!

Mo Chruinneag Ileach

Words by NEIL MACLEOD.
"CLARSACH AN DOIRE."

(My Islay Lassele).

Harmonised by ARCHD. FERGUSON

CHORUS. *Lively.*

1 An eilean uaine
Nan cluainibh glacagach,
A dh' fhàg mi 'ghruagach
A 's naisle cleachdaidhean;
Gur tric mi 'bruadar
Mo luaidh 'bhi 'n taice rium.
'S 'n uair 'nà mi dùsgadh
Mo rùn cha 'n fhaicear leam.

2 Cha 'n e 'cuid stòrais
'Thug dhòmhs' an acad so,
Ach meud a bòidhead,
'S a còmhraidh faicilleach —
Tha 'cruth gun fhòtus
'S gach seòrsa mais' oirre,
'S a guth cho ceòlmhor
Ri eòin na maidne leam.

3 Ged tha Dun-Eideann
Cho éibhinn caitheamach,
'S na mìltean té ann
Mar reultan lainnireach —
Le'n òr a' deàrrsadh
Air sràid cho farumach —
Ach cha bhi 'n àilleachd
No 'm blàth ro mhaireannach.

4 Thoir dhòmhs' a' mhaighdeann
'Tha bainnidh cumadail,
Gun cheilg gun fhoill,
Ach gu caoinhneil furanach;
Ged nach biodh 'saibhreas
No 'h-oighreachd bunaiteach,
Gu 'm bithinn aoibhneach
Le loimn na cruinneig sin.

5 Ged chaidh a h-àrach
Aig tràigh nam marannan,
Tha 'buadhan làidir
'S tha 'nàdur earthannach,
Thug gaoth nan àrd-bheann
Dhi slàint' 'us fallaineachd,
Mar ròs an gàradh
Fo bhlàth gun fhannachadh.

6 Gu 'm b' e mo dhùrachd
'Bhi dlùth do 'n chala sin —
'S 'n uair 'théid an dùdhlachd
Air chùil cha 'n aithreach leam —
Cha d' thug mi dùil dheth
Nach stiùirinn thairis ann,
A dhèanamh cùmhnant
Ri rùn nan cailleagan.

Words by HENRY WHITE (FIONN).

An Ribhinn Donn

(My Brown-haired Maiden).

Harmony by J. BELL, Mrs. Doc.

Slowly, and with much feeling.

Ochdìn a ri, 'ei mo ribhinn donn, Dh'fhàg mi fo mhì-ghean 'us m'innatinn trom!

Gur e a bòidhead a rinn mo lèonadh, 'S cha bhi mi beò gun mo ribhinu donn.

- | | |
|---|--|
| <p>1 Is truagh an dràsda nach robh mi 'm bhàrd
A ghléusadh clàrsach 's a sheinneadh dàn,
'S gu 'n innsinn buadhan
Na maighdinn uasail,
Mu' bheil mo smuaintean gach oidheche 's là.</p> <p>2 Nuair thig an Céitean do ghleann an fhraoich,
Gu 'n toir e fàs air gach blàth-lus raoin,
'Us gheibh mi samhladh
An sin do 'm annsachd,
An fùran greannar a dh' fhàs cho caoin.</p> | <p>3 Mar chanach mòintich tha cneas mo luaidh,
Dearg mar chaorann tha dreach a gruaidh,
A beus 's a nàdur
Mar neòinean màlda,
No sóbhrag dh' fhàsas fo sgàil nam bruach.</p> <p>4 Gur bòidheach, dualach an cuailleann min
A th' air a' ghruagaich a bhuair mo chrìdh',
Gur binne còmhraidh
Na guth na smeòraich;
'S tha mise brònach o'n dh' fhàg i mì.</p> |
|---|--|

- 5 Ged tha mo ghrian-sa a' triall fo sgèlò,
'Us mise 'm bliadhna mar ian 'sa cheò,
Togaidh 'n sgàile
'S nì ise deàrrsadh,
'S gu 'm faigh mi slàinte gach là ri 'm bheò.

Eilean an FhraoichWords by M. MACLEOD.
Lively.

(The Isle of the Heather).

Harmonised by A. FERGUSON.

Tha Leogas bheag riabhach bha riamh 'san taobh tuath, Muir tràghaidh 'us lìonaidh 'ga h-ìadhadh mu'n cuairt;

'Nuair 'dheàrrsas a' ghrian oir' le riaghladh o' ahuas, Bheir i fas air gach siol air son biadh do an t-àluagh.

- 2 An t-Eilean ro mhaiseach, gur pailt ann am biadh;
'S e Eilean a's àillt' air 'n do dhealraich a' ghrian;
'S e Eilean mo ghràidh-s' e, bha 'Ghàidhlig ann riamh;
'S eia 'n fhalbh i gu bràth gus an tràigh an Cuan Siar!

- 3 'N àm éiridh na gréine air a shléibhtibh bidh ceò,
 Bidh 'bhanarach ghuanach 's a' bhuarach 'na dòrn,
 Rì gabhail a duanaig 's i 'g uallach nam bò,
 'S mac-talla nan creag ri toirt freagairt d' a ceòl.
- 4 Air feasgar an t-samhraidh bidh sunnd air gach spréidh ;
 Bidh 'chuthag a's fonn oirr' ri òran dì féin ;
 Bidh niseag air lòn agus smeòrach air géig,
 'S air cnuic ghlas 'us leòidean uain òga ri leum.
- 5 Gach duine 'bha rianh ann bha ciatamh ac' dha,
 Gach ainmhidh air sliabh ann, cha 'n iarr às gu bràth ;
 Gach ian 'théid air sgiath ann bu mhiann leis ann tàmh ;
 'S bu mhiann le gach iasg a bhi 'cliathadh ri 'thràigh.
- 6 Cha 'n fhacas air talamh leam sealladh a's bòidhch'
 Na 'ghrian a' dol sìos air taobh siar Eilean Leòghais ;
 'N crodh-laoigh anns an luachair 's am buachaill' 'nan tòir,
 'G an tional gu àiridh le àl de laoigh òg'.
- 7 B'e mo mhiann bhi 'sna badan 's 'na chleachd mi bhi òg,
 Rì dìreadh nan creag anns an neadaich na h-eòin ;
 O'n thàinig mi 'Ghlaschu tha m' aigne fo bhròn,
 'S mi 'call mo chuid clasteachd le gagraich nan òrd.

A Chuairt-Shamraidh

Words by JAMES MUNRO.

(The Summer Ramble).

Harmonised by JOHN MURPHY.

CHORUS. *Moderately quick.*

Hug ò - ro, mo leannan, thig mar rium air chuairt, Do dh' ùr-choill a' bharrach.

'S an tathaich a' chuach; Hug ò - ro mo leannan, thig mar rium air chuairt.

VERSE.

The grumman, a' Gheamhraidh air fàgail nam beannta, 'Sa 'sruth anns gach allta 'Na dheann-ruith a nuas.

- 2 Tha aodann nan sléibhtean,
 A' dèarsadh gu ceantach ;
 'S na lusana pècach
 Ag éiridh le buaidh.
 Hug, etc.
- 3 Tha Sàmhraidh an òr-chuil
 A' riaghladh le mór-chuis,
 'S an saoghal ri sòlas,
 Gu'n d' fhògair e 'm fuachd,
 Hug, etc.

- 4 Na h-eòin 's iad ri coireal
 Feadh ghrianan na coille,
 'S na sòbhaichean soilleir
 'Cuir loinn' air gach bruaich.
 Hug, etc.
- 5 O! tingainn, a leannain,
 Do choille nam meangan,
 'S gu'n ùraich sinn gealladh
 'Bhi tairis gu buan.
 Hug, etc.

A Fhleasgaich an fhuil chraobhaich chais

(Liddle with the flowing hair).

Harmonised by
JAMES MERRYLEES, G.T.S.C.CHORUS. *Lively.*

'Fhleas - gaich an fhuil chraobhaich chais, Oig - ear a' chul dual - aich,

A fhleasgaich òig an òr - fhuil chais, Gur ò do nìais' a bhuair mi.

1 Mheall thu, mheall thu, mheall thu mi,
Do bhòidhichead a bhuair mi;
'Us gheall thu dhòmhs' air iomadh dòigh,
Gu'm biodh do stòras buan domh.

A fhleasgaich, etc.

2 'S gur e mise tha gu tinn,
'Us falt mo chinn air fuasgladh,
'S gun fhios a'm fhéin eoid e'n cion fàth,
Thug dhuits', a ghràidh, bhi'n gruaim rium.

A fhleasgaich, etc.

3 Na'm biodh agam boineid dhù-ghorm,
'S ite mholach, uaine,
Is mi gu'n rachadh leat, a ghaoil,
Do sheòmar nan daoine' uaisle.

A fhleasgaich etc.,

4 B'òg a thug mi dhuit mo ghaoil,
Ged nach d'rinn mi 'bhuanachd;
'S an t-snaoim a cheangail sinn gu teann,
I air gach ceann air fuasgladh.

A fhleasgaich, etc.

5 Thug mi bòid, na'm feumainn ann,
Nach taghainn seann duin' nasal,
'S nach cromainn-sa mo cheann an loch—
Gu'n òlainn deoch á fuaran.

A fhleasgaich, etc.

6 Dé ma chaidh thu dh'arm an rìgh,
'S nach urrainn mise t'fhuasgladh,
Mo mhìle beannachd às do dhéigh,
'Us tagh do rogha gruagaich!

A fhleasgaich, etc.

Chuir iad an t-suil a Pilot

(Pilot, my dog, they have blinded).

Harmonised by A. FERGUSON.

CHORUS. *Lively.*

Chuir iad an t-suil á Pi - lot bà, Chuir iad an t-suil á Pi - lot,

Chuir iad an t-suil á Pi - lot bochl, Gnn fhios eoid an lochd a rinn e.

- 1 Diol mo chuid mulan aig macan a' chùbair,
Chuir iad 'nan smùid an raoir iad !
'S beag a bha fhios a'm gu 'n robh iad 'san dùthaich
Fhad 's a bha 'n t-sùil am *Pilot*.
- 2 Ghleidheadh e dhòmhsa 'n gàradh-càil,
Gu là bho'n chromadh an duibhre ;
Policeman riamh cha robh aig na Goill,
'Cho math ris air faireadh na h-oidhche.
- 3 Ged théid mi do 'm leaba cha 'n fhaigh mi lochd cadail
Le balaich a' bhaile 'san oidhche ;
Ach dh' fhaodadh na suirichean fuireach aig baile,
Mur dalladh a' chaile mo *Philot*.
- 4 Bha mo chuilean-sa ro-mhath air fuadach,
Chuireadh e suas ri beinn iad ;
Bho chùl an tighe gu 'm falbhadh e sìubhlach,
'S ruigeadh e Tùr-an-t-saighdeir.
- 5 Chuir mi *petition* a dh'ionnsaidh na Ban-rìgh
A dh' innseadh mar thachair do *Philot*.
'S thuirt i gu 'n cuireadh i *gini* am dhòrn
A chuireadh sùil òir a'm *Pilot*.

Mairi Laghach

Words by J. MACDONALD, Lochbroom.
Moderato.

(Bonnie Mary).

Harmonised by JAMES MERRYLEWIS, G.T.S.C.

Hó mo Mhàiri laghach, 'S tu mo Mhàiri bhinn ; Hó mo Mhàiri laghach, 'S tu mo Mhàiri ghrinn ;

Hó mo Mhàiri laghach, 'S tu mo Mhàiri bhinn ; Mhàiri bhòidheach Iurach, Rugadh anna na glinn.

- 1 B'òg bha mis' 'us Màiri
'M fàsaichean Ghlinn-smeòil,
N nair chuir macan Bhennis,
Saighead gheur 'nam fheòil
Tharruing sinn ri chèile,
Ann an eud cho beò,
'S nach robh air an t-saoghal ;
A thug gaol cho mòr.
- 2 Ged bu leamsa Alba
'H-airgiod 'us a maoin,
C'iamar bhithinn sona
Gun do chomunn gaol ?
B' annsa bhi 'gad phògadh,
Le deadh chòir dhomh féin,
Na ged gheibhinn stòras,
Na Roinn-Eòrp' gu leir.
- 3 Tha t'fhalt bachlach, dualach,
Mu do chluais a' fàs,
Thug nàdur gach buaidh dha,
Thar gach gruag a bha :

- Cha 'n eil dragh, no tuairgne,
'Na chur suas gach là ;
Chas gach ciabh mu 'n cuairt deth,
'S e 'na dhuail gu 'bhàrr.
- 4 Tha do chaile-dheud snaighte,
Dreachmhor mar a b'aill ;
T'anail mar an caineal ;
Beul o 'm banail fàilt ;
Gruaidh air dhreach an t-siris ;
Min-ruisg chinnealt, tlàth ;
Mala chaol gu ghruaman,
Ghùis gheal, 's cnach-fhalt bàn.
- 5 Cha robh inneal ciùil,
A thuairleadh riamh fo 'n ghréin,
A dh'aithriseadh air chòir,
Gach ceòl bhiodh againn féin :
Uiseag air gach lònán,
Smeòrach air gach géig ;
Cuthag 'us gùg gùg aic',
'Madainn chùbhraidh Chéit.

Words by
Prof. EWEN MACLACHLAN.

Gur Gile mo Leannan

(Like the Swan on the Lake).

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS.

Air fàillirinn, ill - ir - inn, ùill - irinn, O! Air fàillirinn, ill ir - inn, ùillir - inn, O!

Air fàillirinn, ill - irinn, ùill - irinn, O! Gur bòidheach an comunn tha'ig colanmih 'n t-Srath-mhóir.

- 1 Gur gile mo leannan
Na'n eal' air an t-sàmh,
Na cobhar na tuinne,
'S e tilleadh gu tràigh,
Na'm blàth-bhainne buaile,
'S a' chuach leis fo bhàrr,
No sneachd nan gleann dosrach
'Ga fhroiseadh mu'n bhlàr.
- 2 Mar na neòil bhuidhe 'lùbas
Air stùcaibh nan sliabh,
Tha cas-fhalt mo rùin-sa
Gu siùbhlach a' sniomh;
Tha 'gruaidh mar an ròs
'N uair a's bòidheche 'bhios 'fhiamh
Fo ùr-dhealt a' Chéitein
Mu'n éirich a' ghrian.

- 3 Mar Venus a' boillsgeadh
Thar choilltean nan àrd,
Tha 'miog-shuil 'gam bhuaireadh
Le suaicheantas gràidh.
Tha 'bràighe nan seud
Ann an éideadh gach àigh,
Mar ghealach nan speur
'S i' cur reultan fo phràmh.
- 4 'N uair thig samhradh nan neòinean
A' còmhach nam bruch,
Bidh gach eòinean 's a' chròc-choill'
A' ceòl leis a' chuaich;
'S bidh mise gu h-éibhinn
A' leumnaich 's a' ruaig
Fo dhlùth-gheugaibh sgàleach,
A' mànan ri m' luaidh.

Rosan an Leth-bhaile

(The Rose of Halftown).

Words by EVAN MACCOLL, Toronto.

Harmonised by JAMES MERRYLERS, G.T.C.S.

CHORUS. *Lively.*

Air fàill ithil ò - ro hugò c'ùime'n ceilinn e, Air fàill ithil ò - ro hugò c'ùime'n ceilinn e,

Ou'm bheil mo shaogh'l mar bhruadar, 'se's dual domh bhi deireasach 'Smoghaol air bheagan dòchais air Ròsan an Leth-bhaile.

- 1 Cha 'n e cruath's na gaoithe an raoir chum o m' ehadal mi,
'Us idir cha 'n e 'm fuachd 'chuir á gluasad le fadal mi;
'S ann tha ceann-fàth mo smuairin 's mo smuaintean air fad a nis
'N riochd caileige ro bhòidheach tha 'n Còmh'l nan slìos badanach.

- 2 Fhir 'thàinig thar Loch-fine, nach inns thu dhomh, guidheam ort—
An faca tu 'n té bhòidheach a leòn thun a' chridhe mi?
An cuala tu 'n té chaoimhneil a' foighneachd mu 'm dheighinn-sa?
An d' innis thu mar tha mi,—'s gur bàs dhomh mur feith i rium?
- 3 Beannachd air an rìbhinn! beul sìos air fear a charadh i;
Mar nearachd a gheibh lann rith',—'bhi bhuaipe fàth mo sgaraidh 'n diugh;
Bhuail saighdean geur a gràidh mi—cha d' fhàg iad crioman fallain diom;
'S ann thàinig orm an gaol ceart mar thig air craoibh an dealanach.
- 4 Na 'm faiceadh tu cneas riomhach a cum' a's glan suidheachadh,
Cha b' iongantach leat è ged bu nèamh leam bhi 'laidhe 'n sud;
Tha caoimhneas, gean 'us tròcair 'us neò-chiontachd a stigh an sud;
'S ann air-san 'bhios an loinn 'gheibh, gun roinn, gaol a' chridh tha n' sud.
- 5 Cha 'n iongantach mo luaidh-sa bhi suairce, glan, finealta,—
Cha 'n ann am measg a' chrionaich tha 'm freumh o 'n do ghineadh i;—
Tha 'gheug de stoc a's àirde, 's tha bhlàth air mar chinnich i;
'S ged tha i fhathasd uaine, tha 'buain air aire iomadh fear.
- 6 O, 's truagh nach robh mi 's m' eudail le chéile 'n cois nam bruthach ud,
Ag iomain spréidh 's a' mànnan fo sgàil nam preasan dubharach;—
Gu 'n seinninn di mo dhuanaig 's gu 'm buaininn di na subhagan,
'S gu'n caitheamaid ar saoghal ceart cho aobhach ris na eubhagan!

Ochoin a ri! 'se'n leon an gaol

(Wae 's me! but love it tries the heart).

Words by MALCOLM MACFARLANE.

Harmonised by A. FERGUSON.

CHORUS.



- | | |
|---|---|
| <p>1 Ge bòidheach, beusach òigh mo rùin,
'S nach dùraiginn té eile,
'Nuair their mo chridh' rium "nochd do
Bidh onoir 'g ràdh rium "ceil e." [ghràdh]
Ochòin a ri! etc.</p> | <p>3 Ach dé ma bhios do ghaol air té,
'S gu'n feum thu 'chumail naigheach!
Gun nì ann 'leasaicheas do chor—
Co-mhothachadh is fuath leat.
Ochòin a ri! etc.</p> |
| <p>2 An ciomach bochd a théid gu bàs
Air sgàth a shliochd 's a dhùthcha,
Bidh dùrachd 's eud 'ga chumail suas
'S a chàirdean 'luaidh air 'chliù-san.
Ochòin a ri! etc.</p> | <p>4 Ach thig mi beò an dòchas treun
Gu'n éirich saorsa fòs domh,
'S gu'n faigh mi còir air lannh 'us cridh'
Na rìbhinn òig a leòn mi.
Ochòin a ri! etc.</p> |

Words by
CATHERINE MUNN, Mull.

Tha mo run air a' ghille

(I lo'e the Laddie).

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON

CHORUS.

Tha mo run air a' ghille, 'Se mo dhùr - achd gun tig thu ;

'S mi gun sìubhladh leat am fireach, Fo shil - eadh nam fuar - bheann.

1 Oidhche shamhraidh dhomh 's mi'm ònar,
Air mo ghaol-sa nì mi òran—
'S truagh a rì ! nach robh mi pòsd'
Air òigear a' chùil dualaich.

2 O, gur e mo cheist an t-òigear,
Fear chùil duinn 's an leadain bhòidhich ;
'S mi gu'n sìubhladh leat thar m' eòlais,
Ged tha 'n còta ruadh ort.

3 Ged tha blàth na bric' ad aodann,
Cha do lughdaich sìod mo ghaol ort ;
'S mi gu'n sìubhladh leat an saogh'l,
Na'n saoilinn fhéin do bhuannachd.

4 Tha an Nollaig 'tigh'n as ùr oirnn,
Ged a tha gur beag mo shùrd rith' ;
'M fear nach fhàgadh mi 'sa chùil,
Air chùil nan garbh-thomn naine !

5 'S beag a shaoil mi fhéin an uiridh,
Gu'n tréigeadh tu-sa mi cho buileach ;
Mar gu'n tilgeadh craobh a duilleach,
Dh' fhàs thu umam suarach.

Iorram na h-Imrich Chuain

Words by Rev. DONALD MACRAE, Lewis.

(The Emigrants).

Harmonised by W. H. MURRAY, G.T.S.C.

With tenderness, and not too fast.

Chaidh sinu e gu tràigh, A choimhreachd chàich ; Cha till iad gu bràth An taobh so.

Long iaruinn fo'm bonn, A' sadradh nan tonn, 'Tha feadhainn am foun, 'S cuid tùirs - each.

2 Chann bheaga ri gàir' ;
Am màthair fo phrànnh ;
Fìr mhóra an sàs
'S iad ciùrrta ;

Fras-shileadh nan deur
Gu tosdach, ach geur ;
A' sealltainn 'nan déigh,
Le cùram.

3 Iad féin 'dol an iar,
'S an talamh 'dol siar;
Cha 'n fhaicear leòs sian
Ach Mùirneag.
Seall! Mùirneag 'dol uap'
'Dol fodha 'sa chuan;
Fir 'us mnathan gun tuar,
'Ga h-ionndrainn.

4 Beir an t-soraidh so uam,
Gu America Tuath,
Thun caoraich 'us sluagh
Mo chùram.

'N deadh Bhuachaill' e fèidh,
Biodh rompa 's 'nan dèigh,
G 'an dìon o gach beud:
Sin m' ùrnuigh

5 Ionndrainn eil' ac' ma tà,
'Toirt cridh' goirt 'us cnàmh,
Luchd an gaoil 'us an dàimh,
'Toirt cùl doibh.
Dh' fhàg sìod iad 'nan dèigh,
Nì nach fàgar 's nach tréig,
Comunn blàth latha Dhè
'S a' chùbaid.

Words by ALEXANDER MACDONALD
(MAC MHAIGHSTIR ALASDAIR.)

He 'n Clo-dubh

(Ho! the tartan).

Harmonised by J. MERRY 1894. T.S.C.

CHORUS. *With spirit.*

Hé 'n clò-dubh, Hé 'n clò-dubh, Hé 'n clò-dubh! B'fheàrr am breacan; Hé 'n clò-dubh, Hé 'n clò-dubh.

FINE. VERSE.

Hé 'n clò-dubh! B'fheàrr am breacan, B'fheàrr lean breacan uall - ach Mu'm ghuailnean 's a

chuir fo 'm achlais, Na ged gheibhinn còt - a De'n chlà 's fheàrr a thig a Sasun.

2 Mo laochan féin an t-éideadh,
A dh' fheumadh an crios g' a ghlasadh,
'Naicheanach an fhéilidh,
Deis éiridh gu dol air astar.
Hé 'n clò-dubh, etc.

3 Féileadh cruinn nan cuachan,
Gur buadhach an t-earradh gaisgich;
Shiùbhlainn leat na fuarain,
Feadh fhuar-bheann; 's bu ghasd' air faich' thu.
Hé 'n clò-dubh, etc.

4 Bu mhath gu sealg an fhéidh thu,
'N am éirigh do 'n ghréin air creachann;
Dh' fhalbhainn leat gu lòghar,
Di-dòmhnaich a 'dol do 'n chlachan.
Hé 'n clò-dubh, etc.

5 Shiùbhlainn leat a phòsadh,
'S bhàrr fèidhnein cha fhroisinn dealta;
Sìod an t-suanach bhòidheach,
An òg-bhean bu mòr a tlachd dhì.
Hé 'n clò-dubh, etc.

6 'S i 'n fhuil 'bha 'n cuis' ar sinnse,
'S an innsginn a bha 'nan aigne
A dh' fhàgadh dhuinn mar dhìleab,
Bhì rioghail.—O! sin ar paidir!
Hé 'n clò-dubh, etc.

7 Mo chion an t-òg fearrdha,
Thar fairge chaidh uainn air astar;
Dùrachd blàth do dhùtlacha,
'S an ùrnuigh gu 'n lean do phearsa.
Hé 'n clò-dubh, etc.

Cuachag nan Craobh

Words by WILLIAM ROSS
Plaintively.

(The Cuckoo of the Grove).

Harmonised by J. ELLI, Mus. Doc.
By permission of Messrs Bayley & Ferguson.

A chuachag nan craobh, nach truagh leat mo chaoidh, Ag osnaich ri oidheche cheò - thar ;

Shìobhlainn le'm ghaol fo dhubhar nan craobh, Gun duin' air an t-saoghal fheadr - aich.

Thogainn ri gaoith an monadh an fhraoich, Mo leabaidh ri taobh dòr - ainn,

Do chrutha geal caomh bhi sìnte ri m' thaobh, 'Us mise 'gal chaoin phòg - adh.

2 Chunna mi féin aisling, 's cha bhreug ;

Dh' fhàg sin mo chré brònach,
Fear mar ri té, a pògadh a héil,
A' brìodail an déigh pòsaidh.
Dh' ùraich mo mhian, dh' àth' rraich mo chiall,
Ghuil mi gu dian, dòimeach,
Gach cuisle 'us féith, o iochdar mo chléibh,
Thug iad gu leum còmhla.

3 Thuit mi le d' gath, mhill thu mo rath,

Strìochd mi le neart dòrainn,
Saighdean do ghaoil sìaithe' anns gach taobh,
Thug dhìom gach caoin còmhla.
Mhill thu mo mhaiss, ghoid thu mo dhreach,
'S mheudaich thu gal bròin domh ;
'S mur fuasgail thu tràth, le d' fhuaran 's le d'
Is cuideachd am bàs dhòmhsa. [fhàilt',

4 'S cam-lubach t' fhalt, fanna-bhuidh nan cleac,

'S fàblradh nan rosg àluinn ;
Gruaidhean mar chaor, broilleach mar aol,
Anail mar ghaoth gàraidh.
Gu'n cur iad mi steach an caol-thigh nan leac,
Bidh mi fo neart cràidh dheth,
Le smaintinn do chleas, 's do shùgradh ma
Fo dhuilleach nam preas blàthmhor. [seach

5 Càirear gu réidh clach agus cré,

Mu m' leabaidh-sa 'bhrigh t' naisele—
'S fada mi 'n éis a' feitheamh ort féin,
'S nach togair thu 'gheug, suas leam.
Na'm b' thusa bhiodh tinn, dheanainn-sa luim,
Mu'm biodh tu fo chuing truaighe,
Ach 's goirid an dàil gu'm faicear an là,
'M bi prasan a' càradh m' uaigh-sa !

'S fheadar dhomh bhi togail orm

(I must rise and go away).

Harmonised by HENRY WHYTE ("FIONN")

CHORUS.



O 's fheadar dhomh bhi togail orm, Fuirreach cha dean feum ach falbh;



O 's fheadar dhomh bhi togail orm, A' dhùr eadh nam fuar-bheann.

VERSE.



Ri! gur mis-e tha fo bhròn dheth, Air an tulaich so 'nam ònar.



Fàth mo mhòlaid thu bhi pòiste, Og-lhean a' chhìil dual-aich.

2 Do na h-Innsean 's tric a sheòl mi,
'S anns gach caladh tha mi eòlach;
Tè nì coimeas riut am bòidheach
Gus a so cha d'fhuair mi.
'S fheadar dhomh, &c.

3 S ann an uair bha sinn ri nìreadh,
Air an àiridh am bràigh 'ghlinne,
'Chaidh na saighdean ann am chridhe,
Nighean donn na buaile.
'S fheadar dhomh, &c.

4 'N uair chi mi 'n gleann 'san robh sin còmhla
'Fuaib nan sobhraichean 's nan neòinean,
'S sinn le chèile aotrom, gòrach,—
Ruithidh deòir le m'ghruaidhean.
'S fheadar dhomh, &c.

5 Dheanainn iomadh rud nach saoil thu,
Anns an àm ged 'mheas thu faoin mi.
Mharbhainn fiadh air àird an aonaich,
Coileach-fraoich 'us ruadh-bhoc.
'S fheadar dhomh, &c.

6 C' uime 'm bithinnse fo smalan,
'Us mo lìontan air a' chladach,
'S iasg cho math an grunn na mara
'S a thàinig riamh an uachdar.
'S fheadar dhomh, &c.

'Fhleasgaich Oig

Words by ALEX. M'LEOD, Triaslan, Skye.

(Gallant Youth).

Harmonised by J. BELL, Mus. Doc.

Lively.

Theàrlaich òig a' chualain chiat - aich, Thug mi gaol dhuit 's cha ghaol bliadhna,

Gaol nach tugainn do dhiùe no dh'iar - la, B' fhearr leam fhù nach fha - ca mi riamh thu.

CHORUS.

Hilirinn hò - rò, hò - bha hò, 'S na hilir - ian hò - rò, hò - bha hò, Na

hilirinn hò - rò, hò - bha hò, Mo leann-dubh mòr o'n chaidh tu dhìom

- 2 Shiùbhlainn moch leat, shiùbhlainn anamoch,
Air feadh choilltean, chreagan, 's gharbhlach,
O! gur h-e mo rùn an sealgair,
'S tu mo roghainn de shluagh na h-Alba.
Hilirinn hò-rò, hò-bha hò, etc.

- 3 'Fhleasgaich ud am beul a' ghlinne,
Le t'fhalt dualach sìos mu d' shlinnean,
B'annsa leam na 'chuach bu bhinne,
'Nuair dhèanadh tu rium do chòmhradh milis.
Hilirinn hò-rò, hò-bha hò, etc.

- 4 Bha do phòg mar fhion na Frainge,
Bha do ùha ghruaidh mar bhrailleig shamhradh;
Shùil ghorm chorrach fo d' mhala ghreannar,
Do chùl dualach, ruadh, a mheall mi.
Hilirinn hò-rò, hò-bha hò, etc.

- 5 'Theàrlaich òig, a m'bie Rìgh Séumas,
'Chunna mi maor 'us tòir an déigh ort,
Iadsan gu eubhach 'us mise gu deurach,
Uisge mo chinn tigh'nn dlùth o'm léirsinn.
Hilirinn hò-rò, hò-bha hò, etc.

An Gaol a thug mi Og.

Words by NEIL MACLEOD.

(The Love of early days.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

'Sa mhaduinn Chéitein 'nuair tha'n drùchd, Cho ciùin air bhàrr an fheadir;

'S na lu - san maoth cho mais - each ùr, A' dèag - adh suas 'nan glòir;

'S a' ghrian a' boillsgeadh air an gnùis, Mar sheudan mùirneach òir,

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin, An gaol a thug mi òg.

2 'Nuair chì m' n sprèidh a' ruith 's a' leum

Le éibhneas air na lòn,

'S a chì mi smeòrach bhinn nan geug

'S a céile fhéin 'na còir;

Ag ullachadh a cuachaig fhaoine

Do 'h-àlach maoth gun treòir;

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin

An gaol a thug mi òg.

3 'Nuair chì m' n ribhinn mhaiseach chiùin

Le rùn gun fhoill gun ghò,

'S a leannan gaol do'n d' thug i ùigh

Le sunnd a' buain nan ròs,

'S a chì mi 'n t-digear fearail caomh

A' seinn ri taobh na h-òigh,

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin

An gaol a thug mi òg.

4 'Nuair chì mi 'ghrian an àird nan speur

'Na maise fhéin gun sgèd,

'S a' gnùis a' sgaoileadh gathan sèimh

Air sléibhtean gorm a' chèd,

A' CHOISIR-CHIUL—Part 4.

Ach 'nuair a dh'éireas neòil no gruaim

A mhèch uainn a glòir,

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin

An gaol a thug mi òg.

5 'Nuair chì mi sòbhrach mhìn nam bruach

'S a snadh air dhreach an òir,

Gach doire 's allt a' seinn le buaidh

'Us luathghair aig na h-eòin;

Ach 'nuair a thig an dùdlachd fhuar

A sheargas tuar gach pòr,

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin

An gaol a thug mi òg.

6 Faodaidh lusan éirigh suas

Tha 'n diugh 'nan suain fo'n fhòid,

'S 'nuair thig an samhradh sèimh nu'n cuairt

Bidh luathghair aig na h-eòin;

Thig iomadh caochladh oirnn nach saoil

'S cha bhi iad saor o bhròn;

Tha sin gu tric a' toirt gu m' smaoin

An gaol a thug mi òg.

'Mhuinntir a' Ghlinne so.

Words by NEIL MACLEOD.

(Ye Men of this Glen.)

Arranged by ARCHD. FERGUSON.

Slowly and with much feeling.

Mhuinntir a' ghlinne so, ghlinne so, ghlinne so,

Hm

Mhuinntir a' ghlinne so, 's mithich dhuibh éir - igh; Rinn iad ar mealladh, ar mealladh, ar mealladh, Gu'n

Hm

d'rinn iad ar mealladh le geallanna breugach; 'S mithich dhuibh gluasad 'sna tighean nan lnaithre 'S ur

Hm

companalch shuairce 'nan suain as nach éirich, 'Nan laidh' air an ùr - lar gun aighear, gun sùgradh, 'S an

Hm

fhuil a bha mùirneach gu sìùbhlach o'n creuchdan;

Hm

'S an fhuil a bha mùirneach gu sìùbhlach o'n creuchdan.

Tha osag nam fuar bheann ri aghaidh nan cruachan
 A' caoidh nam fear uasal a' bhuaileadh le eucoir ;
 Craobh mhullaich Chloinn-Dòmhnuaill chaidh ghearradh le fòirneart,
 'S am meanganan òga gun treòir air an reubadh.
 Le tùirse no tuireadh cha dùisgear iad tuilleadh,
 Gu'n crìonar an cruinne cha'n urrainn iad éirigh.
 Gu'n teirig na beanntan bidh cuimhn' air a' ghleann so
 'S air toradh a' ghamhlais 'us feall an luchd-reubainn.

O! Tha mo Dhuil riut.

Words by NEIL MACLEOD.

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

(O! but I love thee.)

CHORUS. *Lively.*

O! tha mo dhùil riut, Tha 's bidh mo dhùil riut; Og a chuir mi

VERSE.

ùidh ann an cùirt - ear na féill - e. 'S caomh leam an t-òig - ear Dh'fhalbh uainn

Di-dòmh - naich 'Se e bhi nochd a' seòl - adh Thug dòir air mo léir - sinn.

2 Gheall e bhi dileas,
 'S cinnt leam gur fìor e ;
 Ged tha m' n diugh fo mhì - ghean
 Gun sgrìobhadh o'm eudail.
 O! tha mo dhùil riut, etc.

3 'S dìomhain bhi tùrsach,
 'S dòir air mo shùilean,
 Chaidh cha chuir e cùl rium—
 Mo rùn-sa cha tréig mi.
 O! tha mo dhùil riut, etc.

4 Com 's grinne nàdur,
 Beul 's binne mànrán,
 Roghnaich mi thar chàch e,
 'S gur tràth thug mi spéis da.
 O! tha mo dhùil riut, etc.

5 Gann biodh ar stòras,
 Mòr bidh ar sòlas,
 Gach làtha mar bu chòir dhuinn
 A' còmhnaidh a chéile.
 O! tha mo dhùil riut, etc.

Mairi Bhan Dhail-an-eas.

Words by HUGH KEITH.

(Fair Mary of Dalness.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

Slowly.

Is mithich dhomhsa tòiseach - adh 'Us m' òran chur an cèill,

Gur fhad - a bho'n bu chòir da, Bhi ann an òrdugh réidh ;

Tha m' inntinn-sa cho luaineach ri Gaoth tuath air bhàrr nan geng,

Ma 's e 's gu'm pòs a' ghruag - ach, Tha shuas ann an Gleann-Eit'.

- 2 Is lìonmhor mais' ri aithris
Air an ainneir a's glan snuadh,
Do shlios geal mar an caineal
No mar eala nan tonn uain' ;
Shiubhal mi bho'n Apainn
A mach gu uisge Chluaidh,
'S bean t'aogais anns an astar sin
Cha'n fhaca mise, 'luaidh.
- 3 'S gur lìonmhor anns an àite so
Mo naimhdean o chionn ghreis,
A chionn 's gu'n d' thug mi gràdh
Do nigh'nn bhàn bhà'n Dail-an-eas.
Tha fleasgaich anns an àite so
'Us b' fhèarr leo gu'n robh mis'
An ionad domhainn fad air falbh
Gun earbsa ri tigh'nn as.

- 4 Is ged a bhithinn fad air falbh
Bhiodh m' earbsa ri tigh'nn as
A shealltuinn air mo ghràdh,
An nigh'nn bhàn a's àillidh dreach ;
Cha'n'eil e anns an àl so
No 'san àl a thig a'm dheigh
Bean do mhaise, Mhàiri,
'S tu 's àillidh tha fòn ghréin.
- 5 Is ìosal a thuit m' inntinn-sa,
'S cha dirich i ri'm bheò,
'S a chaidh cha dean mi innseadh
An ni sin ta 'gam leòn,
Gus an téid mo thìolacadh
An ciste dhìonaich bhòrd,
Cha tréig mi gaol na h'ighneige
Dh' fhàg m'inntinn trom fo leòn.

Mairi Bhan Og.

Words by DUNCAN EAN MACINTYRE.

(Fair Young Mary.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

Lively.

A Mhàiri bhàn òg, 's tu 'n òigh th'air m'aire, Ri m' bheò bhi far am bith'n'n fhein,

O'n fhuair mi ort còir cho mòr 's bu mhaith leam Le pòsadh ceangailt o'n chléir,

Le cùmhnanntan teann 's le banntan daingeann Le snaoin a dh'fhanas 's nach tréig,

Se t'fhaotainn air laimh le gràdh gach caraid, Rinn slàinte mhaireann am' chré.

Chaidh mi do'n choill' an robh croinn 'us gallain,
 Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
 'S bha miann mo shùl do dh' fhiùran barraicht'
 An dlùths nam meanganan suas;
 Geug fo bhlàth o' bàrr gu talamh,
 A lùb mi farasda nnas;
 Bu duilich do chàch gu bràth a gearradh,
 'S e 'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

'S e b' fhasan leat riamh bhi ciallach, banail,
 Ri gnìomh, 's ri ceanal mna-uais';
 Gu pàirteach, bàigheil, bláth, gun choire,
 Gun ghìomh, gun ghàinne, gun chruas;
 Gu déireach, daonntach, faoilidh, farasd',
 Ri daoine fauna, bochd, truagh;
 Is tha mi le d' sheòl an dòchas ra-mhath,
 Gur lòn do t' anam do dhuais.

Na'm faighinn an dràs do chàradh daingeann
 An àite falaicht' o'n eug;
 Ged thigeadh e d' dhàil, 'us m' fhàgail falamh,
 Cha b' àill leam bean eil' ad' dhéigh;
 Cha toir mi gu bràth dhuith dranndan teallaich,
 Mu 'n àrdaich aileag do chléibh,
 Ach rogha gach mairinn, gràdh 'us furan,
 Cho bláth 's a b' urrainn mo bheul.


Dheanainn duit ceann, 'us crann, a's t-earrach
 An àm chur ghearran an éill,
 'Us dheanainn mar chàch air tràigh na mara.
 Chur àird air mealladh an éisg;
 Mharbhainn duit geòidh 'us ròin, 'us eala,
 'S na h-eòin air bharra nan geug;
 'S cha bhi thu ri d' bheò gun seòl air aran,
 'S mi chòmhnaidh far am bi feidh.

An Sruthan.

Words by D. MACKENZIE
(Am Bard Luideagach).

(The Brook.)

Harmonised by A. FERGUSON.



- 2 A shruthain, air t' athais ;
Nach dean thu rium mailis ?
Dé aobhar do chabhaig ?

Fan tamull mar tha.
Na cluanagan uaine
Do achlais nam fuar bheann
'Cur cagair 'nad chluasaibh
Thu 'ghluasad gu fàil.

- 3 O, chunnaic mi 'n sruthan
A' teàrnadh a' bhruthaich,
Gu mear a' cur chuir dheth
'S na buinneachan blàth,
A' ruith mu na stacan,
A' leum bhàrr nam bacan
'Us eòin bheag na h-ealltainn
Ri caiseamachd dhà.

- 4 A shruthain, a shruthain,
Nach dèan thu rium fuireach,
'S gur goirid an turus
O mhunadh gu tràigh ?
'Nuair ruigeas tu 'n réidhlean
Cha bhi thu cho éibhinn ;
Theid moill' anns a' cheum
A tha eutrom an dràsd.

- 5 O, chunnaic mi 'n sruthan
Gu cianail a' siubhal,
A chuing air a mhuineal,
'S e umhail air fàs ;
A' gluasad gu dubhach
An amar dubh giubhais,
A tionndadh na cuibhil
Aig muileann a' ghràin.

- 6 A shruthain, a shruthain,
Gur mise tha duilich
A' faicinn na buil gus
Na chuireadh thu 'n dràsd ;
Do bhùrn air a thruaileadh,
Do shruth air a bhuaireadh,
'Us barag na druaipe
Mu d' bhruachaibh a' snàmh.

- 7 O, chunnaic mi 'n sruthan
Seach baile nan tuireid
A' giùlan nan luingeas
Bu truime gu sàil,
Air caochladh cho buileach
An aogas 's an cruthachd
O 'n chaochan a chunnaic
Mi 'sruthadh troimh 'n chàr.

- 8 A shruthain, a shruthain,
Mo bheannachd a'd chuideachd ;
Cha 'n fhada ceann-nidhe
Nan uile bho d' chàs ;
Tha fuaim a' chuain bliith-bhuain
A 'd chluasaibh a' dinneadh
Gur suarach an t-slighe,
'S i 'n giorrad a' fàs.

- 9 Tha feasgar an latha
A' tarruing am fagus,
An cala 'san t-sealladh
'San gabh thu gu tàmh ;
Ach chì mi thu fathast
Air sgiathaibh na maidne
Ag iadhadh mu 'n athar
'Nad bhaidealaibh bàn.

A' Chuthag.

Words by Dr MACLACHLAN, Rahoy.

Air Composed and
Arranged by ARCHD. FERGUSON

(The Cuckoo.)

f *Moderato. p* *f* *p* *p* *pp* **FIN.**

Gu - gug, Gugug, Gugug, Gu - gug, Gugug, Gu - gug, Gu - gug.

O, fàilt' ort fhéin, a chuthag ghorm, Le d'òran ceòl - mhor millis!

'Se seirni do bheòil 'sa Chéitean òg, A thogadh bròn o'm chridhe;

'Sro bhinn leam t'fhuaim 'sa mbaduinn Chéit, 'S tu air bhàrr géig 'san innis;

rallentando. **D.C.**

No 'na feasgar ciùin aig bun nan atùc, 'N uair bhiodh an drùchd a' sìleadh.

2 O, innis e' àit an robh do thriall
 'N uair bha na sìantan fionnar;
 No 'n robh thu 'd thosd gun chàil gun toirt
 An còs a' chnoic fo dhùbhar?
 'S mór m' fharmaid riut, a chuthag chòir;
 Cha dean thu bròn 'nad shiubhal,
 'Chionn tha do dhloire daonnan gorm,
 S do chridh' an còmhnuidh subhach.

3 Ged theicheas tu roimh 'n fhuachd air àm,
 Gu'm faic do ghleann thu rithis,
 Ach, 'n uair bheir mise ris mo ch. i,
 Cha bli mo dhùil ri tilleadh.
 Is truagh nach b' urrainn domh leat triall
 Air astar sgiath 'nar dìthis,
 Le caismeachul bhinn 'toirt fios gach àm
 'N uair bhiodh an Samhradh 'tighinn.

Mac og an Iarla Ruaidh.

(The Earl's Son.)

Harmonised by ARCHD. FEROUSON.

Lively.

Hillinn ill - inn iu ho - rò, Hillinn ill - inn in - ho - rò,

Hill - inn ill - inn, in ho - rò, Hill - in ó bug ó - ro - i.

Cha téid mise chaoidh le m' dheòin, Gu mac òg an Iarla Ruaidh

Gus an cuir a' bheinn ud shìos, Cul - thaobh ris a' bheinn ud shuas.

2 Cha téid mise chaoidh le m' dheòin
 Gu mac òg an Iarla Ruaidh
 Gus an dean an eala bhàn
 Nead gu h-àrd air bhàrr nan stuadh.
 Cha téid mise cl' roidh le m' dheòin
 Gu mac òg an Iarla Ruaidh
 Gus an cuir am bradan breac
 Tri chuir mhear an crò nan uan.

3 Thog a muime thall a ceann—
 "S gòrach leam do chainnt, a luaidh;
 Bheir thu gaol roimh Fheill-an-ròid
 Do mhac òg an Iarla Ruaidh.

Cainnt nan òg-bhean tha mar dhrùichd
 A nì grian a shùghadh suas;
 Ma 'n tig Samhuinn bidh tu pòsd'
 Aig mac òg an Iarla Ruaidh."

4 A' bheinn ud shìos 's a' bheinn ud shuas
 Cha do charaich rianh 's cha ghluais;
 Ach thug Màiri gaol gun ghò
 Do mhac òg an Iarla Ruaidh.
 Tha 'n eala 'gur 'san eilean bhàn,
 'S am bradan tarra-gheal feadh a' chuain,
 'S tha Màiri nis 'na cèile phòsd'
 Aig mac òg an Iarla Ruaidh.

An Gaidheal 's a Leannan.

(The Gael and his sweetheart.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.
FINE.

CHORUS. *Lively.*

Théid i 's gu'n téid i leam, Leam-sa gu'n téid mo leannan, Théid i 's gu'n téid i leam.

VERSE.

Chionn's gu'm bheil gach gleann 'na fhàsach, Théid mi fhéin 's mo Mhàiri thairis.

2 Théid i leam á tir nam fraoch-bheann,
O'n tha daoine air dol á fasan.

Théid i, etc.

3 Seòlaidh sinn á tir ar dùthchais,
'Cur ar cùlthaobh ris na beannaibh.

Théid i, etc.

4 Théid i leam a null thar sàile,
Far an dean an Gaidheal beairteas.

Théid i, etc.

5 'S ged a bhiodh gach là 'na Shamhradh,
'Chaidh bith tir nam beann air m' aire.

Théid i, etc.

6 'Us mu'n càirear anns an ùir sinn,
'S e mo dhùrachd tilleadh dhachaidh.

Théid i, etc.

7 Chum's gu'n tòrrar mise 's m' annsachd,
'N tir nam beann, nan gleann, 's nan gaisgeach.

Théid i, etc.

Mo shuil a'd dheigh.

(Repining for thee.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

CHORUS.

O chòin! mo chailin, 's mo shùil a'd dheigh; A chailin, mo chailin, 's mo shùil a'd dheigh;

A Lili, mo Lili, 's mo shùil a'd dheigh, Cha léir dhomh am bealach le sìleadh nan deur.

1 Gu'n d' éirich mi mochthraht maduinn an dé,
'S gu'n ghearr mi'n ear-thalmhainn do bhrìgh
mo sgéil;

An dùil gu'm faicinn-sa rùn mo chléibh;
Ochòin! gu'm facas, 's a cùlaobh rium féin.

2 Na'm bitheadh sud agam, mo lùgh 's mo leum,
M'i'm shuidhe aig bealach 's mo chù air éill,
Gu'n deanainn-sa cogadh gu làidir treun
Mu'n leiginn mo leannan le fear tha fo'n ghréin.

3 'S ann ormsa 'tha 'm mulad 's am fiabhras mòr,
O'n chualas gu'n deach' thu le Brian òg;
Mo chomunn cha dean mi ri mnaoi 'san fheòil,
O'n rinn thu mo thréigsinn 's mi fhéin a bhi
beò.

4 O! cha'n eil uiseag 'sna speuraibh àrd,
No ian anns an doire d'am b'èòl mo ghradh
Nach' eil nis ri tuireadh a dh' oidliche 's a là,
O'n chualas gu'n ghlacadh mo chailin air làmh.

Dh' fhalbh mo Bhean Chomuinn.

(My beloved is no more.)

Harmonised by A. FERGUSON.

Plaintively.

Gu'n d'fhalbh mo bhean chomuinn; Gu'n d'fhalbh mo bhean ghaoil;

Cha till mo bhean chomuinn, 'S cha laidh i ri m' thaobh.

- 2 Thig blàth air a' ghiuthas,
Thig duilleach air géig;
Thig gucag air luachair,
'S cha ghluais mo bhean féin.
- 3 Thig na gabhra do'n mhainnir,
Beiridh aighean duinn laoigh;
Ach cha tig mo bhean dachaidh
A clachan nan craobh.
- 4 Thig Màrt oirnn, thig Foghar,
Thig tothar, thig buar;
Ach cha tog mo bhean luinneag
Ri bleoghann no buain.
- 5 Cha dirich mi tulach,
Cha shiubhail mi frith;

- Chà 'n fhaigh mi lochd cadail
'S mo tha'gaidh 'sa chill.
- 6 Tha m' aodach air tolladh,
Tha 'n olann gun snìomh;
A'gus deagh bhean an taighe
'Na laidhe fo dhìon.
- 7 Tha mo chrodh gun an leigeil,
Tha 'n t-eadradh aig càch;
Tha mo leanabh gun bheadradh
'Na shuidh' air an làr.
- 8 Tha m' fhàrdach-sa creachte,
'S lom mo leac 'us gur fuar;
Tha m' ionmhas 's mo bheairteas
Fo na leacan 'na suain.

Toirt m' aghaidh ri Diura.

(Long Looking to Jura.)

Harmonised by A. FERGUSON.

CHORUS.

O hiùraibh, i hiùraibh, O hiùraibh, O gheallaidh;

Bheir mi hó na hó éill e, 'S e bhi réidh riut bu mbath leam.

- 1 'Toirt m' aghaidh ri Diura
'S mo chùl ri Port-Ascaig,
Shil gu frasach mo shùilean,
'S gun mo dhùil ri tigh 'nn dachaidh.

- 2 'Nuair chuir iad air bòrd thu
Air long nan trì chrannaibh,
'S iomadh té 'bha gu tùrsach,
'S deòir a' sruthadh gu talamh.

- 3 Cha chreidinn o chàch e
Thu bhì fàgail a' bhaile
Gus an robh na siùil bhàna
'Gan càradh ri crannaibh.
- 4 Bu tu leannan nau gruagach,
'S tu uasal 'ns maiseach;
Gruaidhean meachair mar mhaighdeann,
Sùil an t-saighdeir fo d' mhalaidh.

- 5 Tha thu foghainteach làidir;
Tha thu tàbhachdach smearail;
'Dol an éideadh a' Ghàidheil,
Air an tràigh bu tu 'm meangan.
- 6 Gaol peathar, gaol bràthar,
Gaol màthar, 'us athar,
'N gaol a thug mi cha tréig mi
Gus au téid mi 'san anart.

Words by

DUNCAN BAN MACINTYRE.

A Rìgh! gur mi tha Aighearach.

Harmonised by

A. FERGUSON.

Lively.

A rìgh! gur mi tha aighearach Mu'n naidheachd so tha ùr ann; Tha m'inntinn air a

h-àrdachadh O'n thàinig ùr mo dhùthcha. 'Us guidheam-sa buaidh - làrach leibh 'S gach

àit' an-loisg sibh fù - dar; Toilinntinn aig ur càir - dean 'S ur nàimhdean a bhi tùrsach.

- 2 'Us innsidh mi le barantas,
O'n a b'aithne dhomh o thùs sibh,
Air chruaths an àit' an tachair sibh
Cha cheum air ais ur dùthchas;
Slìoched nan curaidh calma
Bh'anns na h-armailtean bha chùiteach,
Ri 'n goireadh càch na h Earraghaelach,
'S an fearg cha bu chùis shùgraidh.

- 3 'S math thig dol 'nan éideadh dhuibh,
'S tha reusan air a chùis ud;
Tha gunnathan deagh-ghleusd' aca,
'S cha 'n 'eil té dhiù dhiùltas;
An crios-guaille féin orra,
'S an claidheamh glé gheur eùil ann;
Bu nìhath an àm an fheuma iad
'N uair 'leumadh sibh g'an rùsgadh.

- 4 Is lionmhor baintighearn innealta,
Nach sireadh iad de dhùrachd
Ach cead bhì anns na bileidean,
'S na gillean so bhì dlùth dhaibh;
A bheireadh pòg le sireadh dhaibh,
'Cho mìlis ris an t-siùcar;
'S a bheireadh mìltean dolar dhaibh,
'S na sporanan 'gan giùlan.

- 5 'S fìathail na daoine-'nails' a th' ann,
'S neul cruadail air gach aon fhear,
Na saighdearan deas, cumachdail,
'S gach duine dhiùbh cho ionnsaicht';
Na 'm bìtheadh càs no cunnart ann,
Cò b' urrainn da thoirt dhiùbh-san?
'S i 'n rèiseamaid is urramaich'
A chunnaic mi le m' shùilean.

Oran Luathaidh.

(A Waulking Song.)

Harmonised by A. FERGUSON.

With much vigour.

CHORUS.

Dh' éirich mi moch ma luinn chéitein, Faill-ill é ill ù ill ó,

Hiuraibh ó na hó ro éill e, Faill ill é ill ù ill ó.

- | | |
|---|--|
| 2 Ma 's moch an diugh bu mhuich' an dé e.
Faill-ill é, etc. | 9 Crodh air àiridhean a' geumraich.
Faill-ill é, etc. |
| 3 'S binn a chòisir rinn mi éisdeachd.
Faill-ill é, etc. | 10 Na laogh bheaga ruaig a chéile.
Faill-ill é, etc. |
| 4 Smeòraichean air bhàrr nan geugan.
Faill-ill é, etc. | 11 Cailinn donn a' chuailein cheutaich.
Faill-ill é, etc. |
| 5 Uiseagan os cionn an t-sléibhe.
Faill-ill é, etc. | 12 'S binne beul na ceòl nan teudan,
Faill-ill é, etc. |
| 6 'S bòidheche 'fhiamh 's a' ghrian ag éirigh.
Faill-ill é, etc. | 13 'Dol do'n bhuaile le ceum eutrom—
Faill-ill é, etc. |
| 7 Maduina chihin fo dhrùchd nan speuran.
Faill-ill é, etc. | 14 Leanaidh slàinte agus éibhneas
Faill-ill é, etc. |
| 8 Bric air linneachan a' leumraich.
Faill-ill é, etc. | 15 Riusan a bhios moch ag éirigh;
Faill-ill é, etc. |

Tuireadh.

(Lament.)

Harmonised by
JAMES MERRYLEES, G.T.S.C.Words by
DR MACLACHLAN, Rahoy.*p Slowly, with feeling.*

Thàinig sgeula mo chruadail, Gu'n do chuir iad 'san uaigh thu;

'S goirt mo chridhe bho'n chuala, Ged nach d'fhuasgail mo dheidir.

1 Tha do leaba lom, fuaraidh ;
'S trom do chadal, 's ro bhuan e ;
Chaidh cha'n éisd thu ri m' luaidh-sa,
'S cha ghluais thu ri m' cheòl.

2 Bha do ghluasad gun eucoir,
Gun nireasbhuidh céille ;
Leam bu taitneach 'bhi 'g éisdeachd
Ri séisde do bheòil.

3 Tha do bheul a nis dùinte ;
Cha'n 'eil léirsinn 'nad shùilibh ;
'S fuar an cridhe 'bha mhuirneach,
Auns an ùir 's e gun deò.

4 Mar bhunaich am bàs thu
Seach na dùisean 'tha làthair ;
Cinnidh feanntag 'sa ghàradh
'N uair thig fàilinn 'san ròs.

5 Chuir thu mise gu smaointinn,
Nach innis mi 'dhaoine ;
'S maig 'chuir ùgh anns an t-saoghal,
'S iomadh caochladh 'teachd oirn.

6 Ged tha càirdean gu deurach,
'S faoin an cumha leam féin e ;
'Théid gu cuirm 'us cùirt éibhneis
'Giùlan éideadh a' bhròin.

7 Ged tha m' éideadh gun mhùthadh,
'S mi gun deur air mo shùilibh,
Gus an cuir iad 'san ùir mi
Bidh mi 'd ionndrainn ri m' bheò :

8 Chionn bu toil leam an nìonag ;
Bu ro-thoil leam an nìonag ;
Mo sgeul dubhach 'ga innseadh
Thu bhi d' shìneadh fo 'n fhòid.

Faillte dhut 'us Slainte leat.

(Hail to thee and fare thee well.)

Harmonised by A. FERGUSON.

CHORUS. *Lively.*

FINE.

Faillte 'dhut 'us' slàinte leat, 'S i 'n fhàilte chuirinn as do dhéigh, Faillte dhut 'us slàinte leat.

VERSE.

'Fhleasgaich òig a dh' fhàg an dùthaich, 'S e mo dhùr - achd dhut gu dian

Turus taitneach 's ruigheachd sàbhailt, 'Dh' ionnsuidh 'n àit' an d'rinn thu triall.

2 Bho'n a dh' fhàg thu càirdean gaolach,
Tha gach aon fo àmhghar geur ;
Tha gach sean 'us òg fo mhi-ghèan,
'Us gach nìonag sìleadh dheur.

Faillte dhut, etc.

3 'S tric 'sa mhaduinn leis a' pheileir,
Leag thu 'n eilid air an tom,
'N coileach dubh air slios na mòintich
Agus ròn air bhàrr nan tonn.

Faillte dhut, etc.

4 'S tu bha aoidheil 'meag nan gaisgeach,
Oigear gasda nam fear fial ;
Cridhe mòr an com an uasail ;
Ort bu shuarach a bhi crìon.

Faillte dhut, etc.

5 'S iomadh té a tha glé mhòdhar
'Us an t-òr aice 'na mhill,
Leis am b' fheàrr aic' thu 'a gnallainn,
Na aon uachdran anns an tìr.

Faillte dhut, etc.

6 Aodann aoidheil làn de chàirdeas,
Beul a' mhànrain gun bhi fiar ;
'Us làn dh' aice air cùl a bhotuill
'Lionadh copan bras 'na triall.

Faillte dhut, etc.

7 Nàile ! ghuidhinn dhut gun bhosgul
Slàinte, sonas, agus miadh ;
'S cuibhl' an fhòrtain 'bhi dol timchioll
Ceart mar fhreagras i do d' mhiann.

Faillte dhut, etc.

An Gille dubh ciar dubh.

(The dark haired youth.)

Arranged by
J. BELL, Mus. Doc.

Tenderly.

Chà dir - ich mi bruth - ach, 'S chà siubbail mi mòin - tich,

Gu'n d'fhalbh mo ghuth cinn, 'S chà seinn mi òr - an;

Chà chaid - il mi uair O'n Luan gus an Dòmh - nach

'S an gill - e dubh ciar - dubh A' tigh'nn fo m' ùidh;

'S an gill - e dubh ciar - dubh ▲ tigh'nn fo m' ùidh.

2 Is truagh nach robh mise
'S an gille dubh, ciar-dubh
An aodann na beinne
Fo shileadh nan sìantan;
An lagán beag fàsaich,

No'n àit éiginn diomhair;
'S chà ghabh mi fear liath,
'S e tighinn fo m' ùidh.
'S chà ghabh mi fear liath,
'S e tigh'nn fo m' ùidh.

3 Mo ghille dubh bòidheach,
Ge gòrach le càch thu,
Gu'n deanainn do phòsadh
Gun deòin de mo chàirdean ;
'Us shìubhlainn leat fada
Feadh lagan 'us fhàsach ;
S cha ghabh mi fear liath,
'S tu tigh'nn fo m' ùidh.
'S cha ghabh mi fear liath,
'S tu tigh'un fo m' ùidh.

4 Is luaineach mo chadal
O mhaduinn Di-ciadain ;
Is bruaileanach m' aigne
Mur furtaich thu, chiall, orm ;
'S mi 'n raoir air dhroch leaba,
Cha 'n fhad gus an liath mi ;
'S an gille dubh' ciar-dubh
A' tigh'nn fo m' ùidh.
'S an gille dubh' ciar-dubh
A' tigh 'nn fo m' uidh.

Words by
ALEXANDER MACDONALD.

Hug o laill o.

Harmony by
J. BELL, Mus. Doc.

CHORUS.

(A Waulking Song.)

With spirit.

Hug o laill o, Hug o ho-ro 'n àill leibh, Hug o laill o,

rall. FINE. VERSE.

Seinn o ho-ro n'àill leibh. Grainne mullaich gach rìgh thu, Slàn gu'n till

thu, Thearlaich, 'S ann tha'n fhlòr-fhuil gun truailladh Anns a' ghruaidh is mòr nàire.

2 Mar ri barrachd na h-uaisle
'G eirigh suas le deadh nàdur ;
'S na'n tigeadh tu rithist
Bhiodh gach tighearna 'na àite.
Hug o laill o.

3 'S na'n càiricht an crùn ort,
Bu mhùirneach do chàirdean,
Bhiodh Loch-iall mar bu chòir dha
'Cur an òrdugh nan Gàidheal.
Hug o laill o.

4 'Us Cloinn Dhomhnuill a' chruaidail
'Choisinn buaidh anns na blàraibh ;
'S iad a chumadh a chòmh-strith
Ri luchd chòtaichean màduir.
Hug o laill o.

5 Gu 'm biodh "Buidsear" na feòla,
'Us a chòrach m' a bhràghad,
'Us gu 'n gibhtinn a' "Mhaighdeann"
Mar oighreachd d'a bhràthair.
Hug o laill o.

Cumha an t-seana Ghaidheil.

Words by NEIL MACLEOD.

Harmonised by ALAN REID.

(The Old Gael's Lament.)

Tha sgiathan na h-oidhe 'gan sgaoileadh a nall, 'S an cèò air a

lùb - adh mu stùc - an nam beann, Tha deòir air mo shùilean 's gun

m' aig - ne ach fann; Air m' fhàgail 'nam aon - ar a' caoineadh 'sa ghlèann.

- 2 Tha eunlaith nan geugan
A' gleusadh an rann,
'S a' leumnaich le sòlas
'S ri ceòl feadh nan crann;
Tha 'n àlach mu 'n cuairt daibh
Gu h-nallach a' danns;
Ach àlach mo ghaoil-sa
Gach aon diubh air chall!
- 3 Tha mo chiabhagan tana,
'S tha claisean 'nam ghruaidh,
Oir tha cèile mo ghràidh-sa
'Na sìncadh 'san naigh,
Agus triùir de mo phàisdean
Bu bhlàthmhoire greann,
'Nan sìncadh fo leacan
A' chlachain ud thall.
- 4 Ged tha eòin bheag a' Chéitein
A' tréigsinn nan tom
Nuair chòmhdaicheas reòtachd
'Us dòrnuinn am fonn,
Bheir Samhradh mu 'n cuairt iad
Gu bruaich nan allt;
Ach càirdean mo ghaoil-sa
Cha taobh iad an gleann.
- 5 Tha na fàrdaichean blàtha
Bha 'g àrach nan sonn
Bu shuilbhìre gàire
'S bu bhàigheala com,

- Far am b' fhàbharach càirdeas
Do 'n àrachan lom,
'Nan làraichean fasail
Air cnàmh gus am bonn.
- 6 Cha 'n fhaicear am buachaill
A' ruagail mu 'n chrò,
No banarach ghuanaich
Le 'buaireach 'na dòrn;
Bu bhinn leam a duanagan
Uallach gun ghò,
Le 'cuaillein m'a guaillean
Mar dhualan de 'n òr.
- 7 Cha 'n 'eil clàrsach no sionnsair
'Gar dùsgadh le ceòl;
'S tha mac talla 'na shuain
Ann an uaimhean nam fròg;
'S na laoiach a bha lùthmhòr
Mu stùcan a' cheò,
Rinn fòirneart an sgiùrsadh
O dhùthaich an òig.
- 8 Ach sìth do na dh' fhalbh,
Agus buaidh leis na seòid!
Tha m' fheasgar-s' air cìradh
'S mo ghrian fo na neòil;
Cha 'n fhad gus an crìonar
Mo chiabhan fo 'n fhòid,
Far an casgar gach pian
'S an téid crìoch air gach bròn.

Nighean donn a' Chuailein riomhaich.

Harmonised by ARCH. FERGUSON.

CHORUS. *Moderato. Beat twice.* (Maiden of the Golden Tresses.)

Nighean donn a' chuailein riomhaich, B' àluinn uasal buaidh do shìnnir;

FINE.

Nighean donn a' chuailein riomhaich, Ghràdhaich mi do leannanachd.

VERSE.

'S ann a' fuireach thall 'sna chuintean Tha 'n nigh' bhàin a rinn mo bhuaireadh,

D.C.

Mach o fhìor-fhuil ghlain gun truailleadh, Siol nam huadh 's na lannaireachd.

2 An tigh-an-eas a thogadh òg thu,
Fo sgàil taighe Taobh-a'-chrònain,
Far am biodh na féidh air lèintean
'S eòin ri ceòl air mheangain duit.
Nighean donn, etc.

3 An àm do 'n bharrach a bhì 'brùchdadh,
Bhiodh na smeòraichean a' dùsgadh
Air bhàrr gheugan a' seinn cùil
'S a togail clùt mo leannain-sa.
Nighean donn, etc.

4 Basan mine, caoine, tlàtha;
Meòir chaol, fhada dh' ion' readh snàtha;
C' ait' an facas riamh thug bàrr ort
'Tarruing snàth'd troimh anairtean.
Nighean donn, etc.

5 Tha do chridhe mar an daoimean
Air là gréine, 's e ri soillse,
'S e gun ghloimh, gun ghloimh, gun ghaoid ann;
'S mór do loinn, 's cha 'n ainneamh e.
Nighean donn, etc.

6 Thug mi cion, 's cha 'n fhaod mi àicheadh,
Do nigh'n donn a' chuailein àluinn;
'S mór gu 'm b' fheàrr bhì suidhe làmh rith'
Na fion Spàinnid 'us caineal ann.
Nighean donn, etc.

Words by
JOHN CAMPBELL, Ledaig.

Theid mi g'ad' amharc.

(I will thee visit.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *With spirit.*

O, théid mi g'ad' amharc, O, théid, O, théid; O'n fhuair mi uat gealladh an dé, an dé;

rall.

Cha bhi mi na's fhaide leam féin, leam féin; 'S gun dean sin e daingeann le cléir, le cléir.

1 Tha 'n latha 'dol seachad
Gun fheum, gun fheum;
Is mise 's mi fathast
Gun té, gun té;
'S e dh' fhàg mi cho falamh
Gu léir, gu léir,
Bhi fada 'san tarruing,
'S mi ceum air cheum.
O, théid, etc.

2 Is iomadh seann-fhleasgach,
Mo chreach, mo chreach,
Na 'n innseadh e 'n fhirinn
Le dreach, le dreach,
Gu 'm b' fheàrr leis bhi sìnte
Gu h-ìosal a chaoidh
Na 'n saoghal a shiubhal
A ris gun mhnaoi.
O, théid, etc.

3 Na bitheam 'san àireamh,
A ghaoil, a ghaoil;
Thoir thusa do làmh dhomh
Gu saor, gu saor;
No gabhaidh tu 'n t-aithreachas
Latha nach saoil,
'S bith mise gu math dheth,
'S té eile ri m' thaobh.
O, théid, etc.

4 Sin a nis agad
Mo bheachd, mo bheachd,
'S do chridhe ma th' agam,
Na fuirich air t' ais;
Ma 's toigh leat an coisich'
Na feith ris an each;
Tha 'n òige 'dol seachad
'S tha 'n aois a' teachd.
O, théid, etc.

Ille Dhuinn.

(Brown-haired Lad.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS.

Ille dhuinn chaidh tu 'm dhith, Slàn gu'n till thu 's gu'n ruig thu; Ille dhuinn chaidh tu 'm dhith.

FINE.

VERSE.

Ill - e dhuinn a dh' fhalbh à Brògaig, Bidh mi brònach gu'n tig fios ort.

D.C.

- 3 Ille dhuinn an leadain dualaich,
'S ann Di-luain a fhuair m' fhios uat.
Ille dhuinn, etc.
- 4 Ille dhuinn an leadain dualaich,
'S òg, a luaidh, a bhuair thu mise.
Ille dhuinn, etc.

- 5 Ille dhuinn an leadain chraobhaich,
Thug mi gaol araon gun fhios duit.
Ille dhuinn, etc.
- 6 Ille dhuinn an leadain bhòidhich,
'S ann fo bhròn a dh' fhàg thu mise.
Ille dhuinn, etc.

- 7 Ille dhuinn, ma dh' fhàg thu 'n dùthaich,
'S mòr mo chùram nis nach tig thu. Ille dhuinn, etc.

Duthaich nan craobh.

(The land of the trees.)

Melody for verse and
Harmony by A. FERGUSON.

CHORUS.

A bhi fàg - ail na dùthcha, 'S a bhi càr - adh na sìuil rith

FINE.

'S a bhi stiùireadh a càr - sa, Gu dùth - aich nan craobh.

VERSE.

Gura mis' tha fo smuaisean, 'S mi a' seòladh thar chuantan,

D.C.

'Us mi 'g ionndrainn nan duanag, 'S tric a fhuair mi o m' ghaol.

- 2 Dì-dòmhnuich ma'n d' fhàg mi,
'Us mi coiseachd na sràide,
Thachair orm-sa mo mhàldag,
Le blàth-shùilean caoin.
A bhi fàgail, etc.
- 3 'Nuair a bha mi le m' ghràdh-sa
Ann an dùthaich nan àrd-bheann,
'S tric a dh' èisd mi ri 'mànan
Fo sgàile nan craobh.
A bhi fàgail, etc.

- 4 Thoir mo shoiridh thar sàile,
Ceud soiridh gu bràth 'uam
Dh' ionnsaidh ribhinn nam blàth-shul
Té 's fearr leam 'san t-saogh'l.
A bhi fàgail, etc.
- 5 Ach ma bhitheas mi maireann,
'S tiginn sàbhailte dhachaigh,
Cha tèid mi tuille gu marachd;
Nì mi fànachd 'sna caoil.
A bhi fàgail, etc.

- 6 Faiceam long a' dol dachaidh
Gu Albainn no Sasunn,
Sgrìobhaidh mise gu m' leannan
Gur maireann mo ghaol. A bhi fàgail, etc.

Ochoin! cha taobh tuillidh.

(The Sailor's Ditty.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Lively.*


- 1 Ged tha mise gun stòras,
Gun chrodh air mo lònntean,
Naile! chumainn-sa lòn riut,
Ged is seòladair mi.
- 2 Na 'm bithinn-s' aig baile,
Raithe Shambraidh no Earraich,
'S mi nach leigeadh mo leannan
Le balach gun strith.
- 3 Tha mo chion air an ainair,
Oigh ùr a chùil ehlannach;

- Tha do shlios mar an eala,
'S tu 's maisiche 's tir.
- 4 'S iomadh oidhche le aighear
Thug mi'n cuideachd nan cailean,
'S o'n a tha mi nis falamh
Cha'n fharraid iad mi.
- 5 Cha téid mise gu banais,
Gu féill no gu faighir;
'S ann a bhios mi aig baile,
Bhò'n nach fharraid iad mi.

Thug mi Gaol do'n Fhear Bhan.

(I loved the fair-haired laddie.)

Harmonised by ARCHD. FERGUSON.

CHORUS. *Plaintively.*

- 1 Chaidh am bàta troimh 'n chaoil
Leis na daoine Di-màirt;
'S mise phàigh am faradh daor,
Bha ma ghaol air a càr.
- 2 Tacain mu'n do laidh a' ghrian
Bha mi'm fianuis mo ghràidh,
Tha e 'nis an grùnd a' chuain,
O, gur fuar àite taimh.
- 3 Bha mi 'bruadar an raoir
A bh'i'n caoimhneas ri'm ghràdh;

- 'S 'n uair a thug e rium a chùil
Shil mo shùilean gu làr.
- 4 Bha mi deas 'us bha mi tuath;
Bha mi 'n Chuaidh uair no dhà;
Dheth na chunna mi fo'n ghréin,
Thug mi spéis do'n fhear bhàn.
- 5 Cha teid mise thigh a' chiùil,
Thuit mo shùgradh gu làr,
Bhò'n a chualas thusa, rùin,
Bli 'sa ghrùnd far nach tràigh.

Words by
ALLAN MACDUGALD, Glencoe.

Oran na Caillich.

Arranged by
JOHN BELL, Mus. Doc.

CHORUS. *pp*
Staccato. With humour.

(The Auld Wife's Sang.)

O hi, O hà! gur cruaidh a' chailleach, O hi, O hà! gur fuar a' chailleach,

Ho ré, ho rà! 'si ghràin a' chailleach Dh'fhàg mise 'nam am-a - dan gòr ach.

VERSE.

Ma théid mi gu féill, gu féisd no banais Bidh is - e làn eud, 'si féin aig baile;

'S ma bheir mi le sùg - radh shùil air cailleig, Gur diomb agus falachd sud dhòmhsa.

- 2 Mur ceannaich mi *tea*, cha 'n fhiach mi m' fharraid,
A leigheas a ciun, 's i tinn a' gearan,
Cha dean i rium sith, ach strìth is carraid;
'S ri cànan teallaich i 'n còmhnuidh.
O hi, O ha! etc.
- 3 Cha 'n airgead, cha 'n òr, cha stòr, cha trusgan
Chuir mis air a tòir ri mòran cuirteis;
Ach dalladh fo sgìob le seorsa buidseachd—
'S ann agam tha 'n t-hirsgeul air Seònaid.
O hi, O ha! etc.
- 4 Gun fhiacal 'na ceann, 's car cam 'na peirceall;
Nuair thogadh i greann an àn an fheisgair,
Gu 'n teicheadh a' chlann, gach crann 's gach seisreach
Aig meud an eagail roimh 'gròigeis!
O hi, O ha! etc.
- 5 Gur tric 'san tigh-òsd mi 'g òl nan drama
Air teicheadh o Sheònaid tha 'n còmhnuidh 'talach;
Na'm faighinn m' a sgòrnan ròp, 's cead tarruinn—
Uist! Sin i a' chailleach an tòir orm!
O hi, O ha! etc.

The last line of 5th verse to be sung in a whisper by male voices—the Tenors taking up the Soprano.

Words by
JOHN CAMERON, Ballachnlish.

Chi mi na Mor-bheanna.

Arranged by
JOHN BELL, Mus. Doc.

(Hail! to the mighty Bens.)

CHORUS. *In Slow March style.*

O chi, chi mi na mòr - bheanna, O chi, chi mi na còrr - bheanna,

O chi, chi mi na coireachan, Chi mi na sgòran fo ebeò. FINE.

VERSE.

1 Chi mi gun dàil an t-àite 'san d' rugadh mi, Cuir ear orm fàilte 'sa chàin a thuigas mi,
3 Chi mi na coilltean, chi mi na doireachan, Chi mi na màghan bàna a's toraiche,
5 Fàgaidh mi ùraid, sìrd agus glagarsaich, Dh'fhaicinn an fhuinnr anns an chluinnteadh a' chagarsaich,

D.C. for CHORUS.

Gheibh mi ann aoidh agus gràdh 'nuair ruigean Nach reicinn air tinnachan òir.
Chi mi na féidh air lár nan coireachan, Falaicht' an trusgan de cheò.
Fàgaidh mi cùirtean diùint' agus salach, A dh' amharc air gleannaibh nam bò.

VERSE.

2 Chi mi a' ghrian ann an liath nam flaitheanas, Chi mi 'san iar a ciar 'nuair laidheas i;
4 Beanntaichean àrda is àillidh leacainnean, Sluagh ann an còimuidh a's còire cleachdainnean,
6 Fàilt' air na gorm mheallaibh tholmach thulachnach, Fàilt' air na còrr-bheannaibh mòra mulanach,

D.C. for CHORUS.

é Cha'n ionnan 's mar thà a ghnàth anns a' bhaile so 'N deatach a' falach a glòir.
 'S aotrom mo cheum a' leum g'am faicinn, 'Us fanaidh mi tacan le deòin.
 Fàilt' air na coilltean, 'us fàilt' air na h-uile, O! s' à sona bhì 'fuireach' nan còir.

'S i mo Leannan an le ur.

(I dearly lo'e the new lass.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON.

CHORUS.

'S i mo leannan an té ùr 'S guirme stùil 's is caoil - e mala,

FINE.

Té cho math 's gan tig an gùn, Dh' fhàg i m'inntinn tùrs ach :

VERSE.

'S ged nach eil mi pailt' de stòr, Dheanainn seòl, a ghaoil, air t'aran :

D.C.

Mharbhainn breac air linn - e - lòn, 'S damh na cròic 'sa bhùir - eadh.

2 Tha mo chridhe tùrsach, trom,
 M' inntinn cha tog fonn ri ealain,
 Tha lionn-dubh orm fo thuinn,
 Mo nighean donn an t-sùgraidh.
 'S i mo leannan, etc.

3 Tha do chneas mar sheachd air lòn,
 Muineal ro-ghéal mar an canach ;
 Cas is deise 'théid am bròig,
 Nach dean feòirnein 'lùbadh.
 'S i mo leannan, etc.

4 Tha do ghruaidhean mar an ròs,
 Beul is bòidheche 'sheideas anail,
 Mala chaol mar ite 'n eòin,
 Ruigs is bòidheche 'dhuineas.
 'S i mo leannan, etc.

5 Ged a blhithinnse cho òg
 'S gu'm b'e màireach tùs mo latha,
 'S mi nach tréigeadh gaoil na h-òigh
 Air son diomb luchd diùrrais.
 'S i mo leannan, etc.

Gur trom, trom a ta mi.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON

(I am sad, sad and weary.)

CHORUS.

Gur trom, trom a ta mi, Gur trom a dh'fhàg an t-Earrach mi;

Gur truime 'n diugh na 'n dé mi, O'n tha cùl-déigh mo leannain rium.

1 Tha'n long a nis air seòladh,
'S cha tig i chòir an fhearainn so,
Gu bheil mo leannan féin oirr',
'S gur truagh as déigh a sgaraidh mi.
Gur trom, trom, etc.

2 Gur duilich leam gu'n d'ghluais sibh
'Nuair bha ghaath-tuath cho gailionnach,
'S e tonn a rinn do bhualadh,
'S gur truagh leam gu'n do thachair e.
Gur trom, trom, etc.

3 Tha islean agus uaislean,
An grunn a' chuain gun charachadh,
'S mo leannan, fear 'chuil dualaich
'Ga bhualadh ris na stallachan.
Gur trom, trom, etc.

4 Ma chaidleas mi air clusaig,
Cha bhi mi uair gun ebarachadh,
'Gad fhaicim ann am bhruadar,
A huaidh, ge fad 's a's naireann mi.
Gur trom, trom, etc.

5 Ged chluinnimse ceol pioba
Cha tog e dhìom an t-eallach so,
Guth fìdhle, no guth clàrsaich—
Mo chridh air làr, cha charaich e.
Gur trom, trom, etc.

6 Tha mi gun mhac, gun bràthair
Ni còmhraidh blàth no cathrannach,
Mar chraoibh an déigh a rùsgadh
Gun snotach cùbhr' gun mheangan oirr'.
Gur trom, trom, etc.

7 'Nis sguidh mi 'gad iarraidh
'S 'gad iasgach air na cladaichean;
An t-iasg nach téid am lion-sa,
'S e sgeula fìor nach fhaigh mi e.
Gur trom, trom, etc.

Words by
JOHN CAMPBELL, Ledaig.

O gur mis' tha Sona dheth.

Harmonised by
ARCHIBALD FERGUSON.

(How happy am I.)

CHORUS.

O gur mis' tha son - a dheth, 'S mi toil - ichte 'us tain - geil,

'Us ged a tha mo sporan gann, Is suarach leam 'san am e.

- 1 An latha thainig mi do 'n t-saoghal,
Thainig mi glé lom ann ;
'S an latha their am bàs rium fhàgail,
Fàgaidh mi gun phlaig e.
O gur mis, etc.
- 2 Ma gheibh mi aodach agus biadh,
'Us mi bhi saor o ainbheach,
Le aoidh 'us gràdh gach oidhche 's là,
Am dhachaigh taobh mo ghealbhain.
O gur mis, etc.

- 3 O, cha 'n e cuid no cuibhreann dhaoin',
'Us cha 'n e òr no airgead
A bheir dhuinn sonas anns an t-saoghal ;
Tha sin 'na aon nì dearbhte.
O gur mis, etc.
- 4 Ach 's e bhi toilichte le 'r staid
Gun mhath neach eil' a dhearmad ;
'Us anns an 'Ti bheir dhuinn gach nì
Ar cridh' gach là bhi 'g earbsa.
O gur mis, etc.

Tha mo Ghradh air an Nighinn.

Words by NEIL MACLEOD.
"CLARSACH AN DOIRE."

(I dearly love the Maiden.)

Harmonised by
ARCHIBALD FERGUSON

CHORUS.

Hó, tha mi, Hé, tha mi Ann an gràdh air an nighinn ;

FINE.

Tha mo ghradh ort, a Mhàiri, 'Chruinneag mhàlda, chùl bhuidhe.

VERSE.

Ann an tìr nam beann àrda Dh'fhàg mi m' àilleag an cridhe ;

D.C.

Chaoidh cha 'n àicheadh air càch e, Tha mo ghradh air an nighinn.

- 2 'S e mo rùn a bhi dlùth dhi,
'Na mo dhùthaich a rithis,
Thall fo sgàil nam preas blàthmhor
A bhi 'mànan ri m' nighinn.

- 3 Ge do shìubhlainn an saoghal,
'S i mo ghaol mo cheann uidhe ;
Tha mo smaointean gun chaochladh
Air an taobh tha mo nighean.

- 4 B' e mo shòlas a pòsadh,
'S gur a deònach a bhithinn
'Dol a sheòladh gu m' eòlas,
'Dheanadh còrdadh ri m' nighinn.

- 5 Thèid mi null mu Fhéill-Martuinn
A chur fàilt air mo nighinn ;
'S ma bheir Màiri a lamh dhomh,
Biodh ar càirdean a' bruidhinn.

Words by
JOHN MACFADYEN, Glasgow.

Bail' Ionbhar-Aora.

(The Inveraray Wedding.)

Harmony by
JOHN BELL, Mus. Doc

CHORUS. *pp* *Moderato.*

p

Bha mi air banais am Bail' Ionbhar-Aor - a; Bha mi air ban - ais am Bail' Ionbhar - Aor - a;

Chaidh mi gu ban - ais le cuideachd o'n bhaile, 'S gu'n d'fhuair mi mo leannan am Bail' Ionbhar - Aor - a.

VERSE.

An toiseach an Earraich, 's mo lion air an fharadh, 'S mi'm chlaoidh leis an fhadal, gun ealain, gun saothair,

Gu'n d'thàinig an rath - ad fear - cuir - idh o'm charaid 'Gam iarr-aidh gu ban-ais am Bail' Ionbhar-Aor - a.

D.C.

- 2 'Sa mhaduinn mu 'n d' fhàg mi, b'i earail mo mhàthar :
" Bi stuanna, bi càirdeil 'nad nàdur, a laochain ;
Rach sgiobalta, sgoineil 'nad éideadh 's 'nad anart
Mu 'm bi thu 'nad mhasladh dhomh 'm Bail' Ionbhar-Aora."— Bha mi air, etc.
- 3 Nuair thog sinn ri bruthach gu h-uallagach iollagach,
Oigridh air mhìre, troimh fhìreach is aonach,
Bu shunndach ar caithream thar mòinteach is ghleannan,
'S a' phìob a' toirt langan air "Bail' Ionbhar-Aora."— Bha mi air, etc.
- 4 Am shùilean-s' bha aillse an dreach bean-na-bainnse,
Is cròilean nam maighdeann ri aoibh air gach taobh dhi ;
Cha seallainn ri barrachd aig baintighearna fearainn
An caisteal Mhic Cailein am Bail' Ionbhar-Aora.— Bha mi, etc.
- 5 Nuair thòisich an dannsadh ri fìdhill na seann-ruith
Cuir shìubhlach, gu 'm b'fhonnar a pong-ghearradh aotrom ;
Dh' fhògradh gach smalan le sòlas a' chaidrimh
Is bòidhehead nan ainnir am Bail' Ionbhar-Aora.— Bha mi air, etc.
- 6 'S ann sheas i mu 'm choinnimb, 's a' chlàiridh fo 'r bonnaibh,
A' mhàldag ghlan shomalta, thogarrach, aoidheil ;
Rinn rib' o sùil dhearcaich mo chridhe-sa ghìacadh,
Mar lion mu na bradain an caisil na h-Aora.— Bha mi air, etc.

- 7 Gach taobh ni mi gluasad, ma 's deas no ma 's tuath e,
 Gur caochlaideach luaineach mo smuaintean-sa daonnan ;
 Bheir eòinean a' mhachair is faoileag na mara
 'Nam chuimhne mo chaileag tha 'm Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi air, etc.
- 8 Ach, bheir mi mo ghealladh dhuibh, òigridh a' bhaile,
 Ged 's ann ann an cagar nach cabainn ri daoine,
 Ma shnàmh an sgadan am bliadhna mar 's math leinn,
 Bheir mise dhuibh banais am Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi air, etc.

Words by EVAN MACCOLL.
 "The Lochfyne Bard."

O till, a Leannain.

Melody and Harmony by
 ARCHIBALD FERGUSON.

(Return, my Darling.)

CHORUS.

O till, a leannain, O till, O till; O till, a leannain, O till, O till;

Dean cabbag, a Mhaili, bho dhùthaich nan Gallach, No theid mi le b-aimheal do'n chill, do'n chill.

VERSE.

O thusa 'gheibh sealladh de m' ghaol, de m' ghaol, Thoir fios dhi gu'n robh i dhomh féin, dhomh féin

Mar chridhe do m' bhroilleach, mar iul-chairt do'n mharach, Mar ait-ghrein an Earraich do'n t-saogh'l, do'n t-saogh'l.

- 2 O c' àite 'm bheil coimeas do m' luaidh, do m' luaidh ?
 Mar ròs air uchd eala tha 'gruaidh, tha 'gruaidh ;
 Clàr-aghaidh is gile na'm bainne 'ga shileadh,
 No ghrian 's i gu laidhe 'sa chuan, 'sa chuan.
 O till, a leannain, etc.
- 3 Na 'm faicheadh tu 'pearsa gun mheang, gun mheang ;
 Na 'n cluinneadh tu 'labhairt gun seraing, gun seraing ;
 Na 'm biodh tu le m' chruinneig 'n àin togail nan luinneag,
 Gu'n lasadh do chridhe gun taing, gun taing.
 O till, a leannain, etc.
- 4 Mo chridhe-sa, 's tusa bhios truagh, bhios truagh ;
 Mur till is' thog oirre gu 'luaidh, gu 'luaidh ;
 Gu 'm b' fhearr na bli maille ri té eil' air thalamh,
 Bhi sinte ri m' Mhaili 'san uaigh, 'san uaigh.
 O till, a leannain, etc.

Words by
DUNCAN KEID, Glasgow.

Suas leis a' Ghaidhlig!

Melody by H. WHITE (FIONN).
Harmony by JOHN BELL, Mus. Doc.

CHORUS. *Moderato.*

(Gaelic rallying song.)

Togaibh i, togaibh i, cànan ar dùthcha; Togaibh a suas i gu h-inbhe ro-chliùitich;

* To be sung in Duets—S.C., C.T., T.B. *

rall.

FINE.

Togaibh gu daingeann i 's bithibh rith bàigheil. Hi horo, togaibh i; Suas leis a' Ghaidhlig!

VERSE.

'S i cànan na h-òige; 's i cànan na h-aois; B'i cànan ar sinnsir; b'i cànan an gaoil;

D.C.

Ged tha i nis aosd, tha i reachdmhor is treun; Cha do chaill i a clìth; 's chadostriochd i fobheum.

- 2 Tha mòr-shruth na Beurla a' bagradh gu cruaidh
Ar cànan 's ar dùthchas a sblugadh a suas;
Ach seasaibh gu dileas ri cànan ur gaoil.
'S cha 'n fhaigh i am bàs gu ruig deireadh an t-saogh'.

Togaibh i, etc.

- 3 A dh' aindeoin gach ionnsuidh a thugadh le nàmh
A chòirichean priseil a spùinneadh o'n Ghaidheal,
'Cha lasaich e chaidh gus am faigh e a' bhuaidh
Thar gach nòran is eucoir a dh' fhaodas a ruaig.

Togaibh i, etc.

- 4 O, togaibh ur guth as leth cànan nam beann,
Is cluinnteadh a fuaim air feadh mhonadh is ghleann;
Ard-sheinnibh a cliù ann am bàrdachd 's an ceòl,
'S na leigibh le coimhich a masladh r' ar beò.

Togaibh i, etc.

- 5 A chlauna nan Gaidheal! bithibh seasmhach is dlùth,
Ri guaillibh a chéile a' cosnadh gach cliù;
O, seasaibh gu gaisgeil ri cànan ur gràidh
'S na tréigibh a' Ghaidhlig a nis no gu bràth.

Togaibh i, etc.

- 6 O, togaibh a bratach gu h-àrd anns an tìr,
'S biodh litrichean maireannach sgrìobht' air gach crìdh';
'Cha tréig sinn a' Ghaidhlig, 's cha chaill i an deò;
Cànan mhùirneach ar dùthcha, cha tréig sinn r' ar beò.

Togaibh i, etc.

Translation by
JOHN MACINTYRE.

O nach Till thu ruinn a Ris.

(Will ye no come back again?)

Arranged by
ARCHD. FERGUSON.

Andante.

Tearlach òg gu'n d'fhalbh e uainn, Tèaruint thall thar uchd a' chuain, 'S lionmhor cridhe

CHORUS.

brist' a bhios, Mur a till e ruinn a ris. O, nach till thu ruinn a ris,

O, nach till thu ruinn a ris,

O, nach till thu ruinn a ris, Gaol na's blàithe chaidh cha bhi, Na gaol nan Gaidheal

O nach till thu ruinn a ris,

VERSE 2.

dhut - sa, rìgh. Dh'earb thu anns na Gaidheil fhior, Ghràdhaich iadsan thu le'n cridh',


CHORUS.

Rinn iad t'fhalach anns a' ghleann 'Nuair a dh'iarr an nàmh do cheann. O, nach till thu


ruinn a ris, O, nach till thu ruinn a ris, Gaol na's blàithe chaidh cha bhi, Na

O nach Till thu ruinn a Ris—*continued.*

VERSE 3.



gaol nan Gaidheal dhut - sa, rìgh. 'S binn an smeòrach anns a' choill 'Seinn le sòlas




ri uchd soills', Ach ge binn, gur trom mo chridh, Chionn nach till thu ruinn a ris.


CHORUS.



O, nach till thu ruinn a ris, O, nach till thu ruinn a ris,




O, nach till thu ruinn a ris, O, nach till thu ruinn a ris,



Gaol na's blàithe chaidh cha bhi, Na gaol nan Gaidheal dhut - sa, rìgh.

Lag nan Cruachan.

Harmonised by
ARCHD. FERGUSONCHORUS. *Lively.*


Ma théid thu Lag - nan - Cruachan, Dean innséadh dhaibh, mur cual iad e.



Gur ann air moch Di - luain Le gaoth tuath a rinn sinn sèoladh.

1 Nuair dh'fhàg sinn a mach Grianaig,
Bha cèò 'us fìà nan ian againn;
'S ged chuir sinn h-uile stiall oirre,
Cha deanadh i dhuinn crònan.

Ma théid thu, etc.

2 'N sin fhuair sinn mar a b' àill leinn i
'Us chroch sinn na siùil àrda rithe;
'Nuair chuimhnich mi mo mhàthair
Bhì 'ga tàgail, bha mi brònach.

Ma théid thu, etc.

3 'Dol seachad air Creag-Ealasaid,
Bha 'ghaoth a' tigh'nn o'n ear oirinn,
Bha i 'ga ghearradh geal againn,
'S bha oirre h-uile stròice.

Ma théid thu, etc.

4 Dir-daoin bha latha b' éibhinn ann,
Ri taobh an fhearainn Eireannaich,
'S i againn mar a dh' fheumamaid,
Tigh'nn as air deigh le sòlas.

Ma théid thu, etc.

5 'S gur h-ioma fear a's aithne dhomh.
Le channan ùr 'na achlais
Dol dh' ionnsuidh na 'Creig Ghlaise.
Ged tha mise tarraunn ròpa.

Ma théid thu, etc.

6 So latha na bliadhu' ùir againn,
'S ma 's e, gur beag mo shunnda rithe.
Mi ceangailt' aig a stiùir aice,
'S na siùil a' falbh' nan stròicean.

Ma théid thu, etc.

Translation by
HENRY WHYTE, "FIONN."

Tha mo Ghaol air àird' a Chuain.

(Jamie's on the Stormy Seas.)

Harmonised by
ARCHD. FERGUSON

Feasgar ciùin an tùs a' Chéitein, 'Nuair 'bha n'ialtag anns na speuran, Chualaim ribhinn

òg 's i denrach 'Seinn fo sgàil nan geugan uain'. Bha a' ghrian 'sa chuan gu sioladh,

'S reult cha d'éirich anns an iarmailt, 'Nuair a sheinn an òigh gu cianail, "Tha mo ghaol air àird a' chuain."

2 Thòisich dealt na h-oidhech' ri tùrling,
'S lùb am braon gu caoin na fùrain,
Sheid a' ghaoth 'na h-oiteig chùbhraidh
Beatha 's ùrachd do gach cluan.
Ghleus an nigh'nag fonn a h-òrain,
Shein 'us ciùin mar dhruèd an òg mhios,
'S bha an t-séisd 'so g' éirigh 'n còmhnuidh—
"Tha mo ghaol air àird a' chuain."

3 Chiar an là 'us dheàrrs na reultan,
Sheòl an ré measg neul nan speuran,
Shuidh an òigh, bha 'bròn 'ga léireadh,
'S cha robh déigh air tàmh no suain.

Theann mi faisg air reult nan òg-bhean,
Shein mu 'gaol air chuan 'bha seòladh :
O, bu bhinn a caoidhrean brònach—
"Tha mo ghaol air àird a' chuain."

4 Rinn an ceòl le deòin mo thaladh
Blùth do ribhinn donn nam blàth-shul
'S i ag ùrnuigh ris an Àrd-Rìgh
"Dion mo ghradh 'th' air àird a' chuain."
Bha a crìdh' le gaol gu sgàineadh,
'Nuair a ghlac mi fhéin air laimh i,
"Siab do dheòir, do ghaol tha sàbhailt,
Thill mi slàn bharr àird a' chuain."

Oich u agus h-iuraibh eile.

CHORUS. *With spirit.*

(My Bonnie Brown Maid.)

Arranged by ARCHD. FERGUSON

Oich ù agus h-iùraibh éil - e, Oich ù agus h-iuraibh éil - e,

H-iuraibh ò agus hòro éil - e, Mo chruinneag dhonn gur a trom ad dhéigh mí.

FINE.

VERSE.
C'aite bheil i ann am Muil - e Cruinneag bhòidheach is gile muineal?

Rìbhinn àl - uinn a' bhroillich shoilleir, 'S bu deacair dhòmb - sa cur air a bonnaibh.

D.C.

- | | |
|---|---|
| <p>2 C'aite bheil i ann an Albainn,
Cruinneag chruinn donn is gile calpa?
Slios mar fhaoilinn air aodann fairge;
'S gur e do throm-ghaol a rinn mo mharbhadh.
Oich ù, etc.</p> <p>3 Tha an oidhche nochd fliuch fuaraidh;
Laidh an sneachd air na beanntaibh shnas ud,
Cha téid mise a dh' fhios nan gruagach,
Ach gus am fàs na gleanntan uaine.
Oich ù, etc.</p> <p>4 'Nuair a théid mi thun na féille,
Bidh mo shùil air a' chruinneig ghlé-ghil,
'S binne Gàidhlig 's is deise Beurla,
'S bidh sàiltean àrd air a brògan eutrom.
Oich ù, etc.</p> | <p>5 Tha do shùilean mar na smeuran,
No mar dhearcagan donn an t-sléibhe;
Dubh 'us donn ann am measg a chéile;
'S gu bheil ceann dubh air mo chruinneig ghlé-ghil,
Oich ù, etc.</p> <p>6 Tha do shùil-ghorm dhaithe bhòidheach,
Fo d' mhala chaol ann ad aodann bòidheach,
Pearsa dhìreach de fhìor Chloinn Dòmhnuaill,
Gur math thig gùn duit an chùirt nan òg-bhean.
Oich ù, etc.</p> <p>7 An uair a bha sinn anns a' mhonadh,
'S e bu bhiadh dhuinn na cìrean meala,
Barr an fhraoich 's e 'na chaorann meallach,
'S an eunlaidh fhiadhaich a' sgiallach tharr-quinn.
Oich ù, etc.</p> |
|---|---|

